

Eadar-ghluasad Ceart agus Àiteachan Fiadhaich

Mar as urrainn do dhaoine agus àiteachan fiadhaich
cuideachadh le cothromachadh càrboin fhaotainn ann an
Alba



Clàr-innse

- 03 Ro-ràdh
- 04 Càrbon
- 07 Bith-iomadachd
- 12 Coimhearsnachdan is ath-leasachadh fearainn
- 16 Eaconamaidh dùthchail
- 21 Cumhachd ath-nuadhachail
- 25 Cothrom agus cur-seachad
- 30 Geàrr-iomradh



Ro-ràdh



Is e aon de laghan na beatha agus nàdair, nach eil nì sam bith a' fuireach mar a tha e. Tha a h-uile nì an-còmhnaidh ag atharrachadh, uaireannan air a shocair agus mean air mhean, uaireannan luath agus aithghearr. Tha na trì suidheachaidhean èiginn de Chovid, gnàth-shìde agus bith-iomadachd air dearbhadh an astair sam faod seann nithean cinnteach sioladh às.

Faodaidh atharrachadh a bhith an dà chuid aoiibhneach agus eagalach. Faodaidh e cothroman a chruthachadh do chuid agus feedhainn eile fhàgail air dheireadh.. Faodaidh e soirbheachas a mheudachadh fhad agus aig a' cheart àm neo-ionannachdan a mhòrachadh.

Thòisich am beachd air eadar-ghluasad ceart gu cothromachadh càrboin leis an tuigse gum bu chòir di-chàrnachadh air cumhachdan a bhith air a stiùireadh ann an dòigh a tha a' dion luchd-obrach agus choimhearsnachdan a tha an eisimeil gnìomhachas nan connaidhean fosail.

Tha e on uair sin air mean-fhàs gu bhith na àrd-amas nas leatha gus a dhèanamh cinnteach gum bi a' bhuannachd agus an call a tha an lùib an eadar-ghluasaid gu cothromachadh càrboin, air a sgoileadh gu farsaing agus gu cothromach.

Tha urras Iain Muir gu làn-chridheach a' cur taic ri priomnsapal eadar-ghluasaid cheart a tha ag amalachadh ceartas àrainneachdail is sòisealta. San fhoillseachadh seo, tha sinn a' cuimseachadh gu sònraichte air àiteachan fiadhaich na h-Alba agus a' mìneachadh cuid de bheachd-smuaintean gus taisbeadh mar a ghabhas iad sin cur ri eadar-ghluasad ceart.

Tha sinn a' tuigsinn nach eil na h-uile eòlach air no cofhurtail leis an abairt 'àiteachan fiadhaich'. Sna bliadhnaichean mu dheireadh, tha e air fas ann an cleachdadham measg a' phobaill choitchinn gus ionradh a thoirt air raointean, a tha air an uachdar co-dhiù, le coltas nàdarra. Ach do mhòran dhiubhsan a tha a' còmhnaidh anns agus mu thimcheall nan raointean sin, faodaidh an t-iomradh sin a bhith a' faireachdann mar gu bheil e a' seachnadh an lathareachd san àite no gum faodadh e a bhith na bhacadh air adhartas eaconamach agus sòisealta.

Tha Urras Iain Muir - air a stèidheachadh ann an Cnòideart ann an 1983 a-mach à iomairt coimhearsnachd gus a dhol an aghaidh plana leis an MOD an leth-innis a thionndadh gu bhith na sòn trèanaidh armailteach - an-còmhnaidh air feuchainn ri a bhith a' cleachdadhd modh cothromach a tha ag amas àiteachan fiadhaich a dhion, a chàradh agus ath-

nuadhachadh, agus ag obair mar thaic do mhuiunnir na coimhearsnachd. Dhuinne, chan e fàsaichean fiorghlan a th' ann an àiteachan fiadhaich, ach raointean de dh'fhearann far a bheil saorsainn aig nàdar e fhein ath-ùrachadh. Tha daoine nam pàirt de dh' àiteachan fiadhaich a cheart uimhir ri planntais, biastagan, eòin agus creatairean eile a tha beò an sin.

Tha mi air a bhith a' fuireach agus ag obair a' mhòr-chuid dem bheatha ann an coimhearsnachdan beaga dùthchail air a' Ghàidhealtachd, far a bheil eadar-cheanglaichean domhainn eadar daoine, fearann, nàdar, eachdraidh, cultar, an eaconamaidh agus beatha shòisealta. Tha Urras Iain Muir a' creidsinn gum bu chòir cruth-atharrachadh air cleachdadhdh fearainn às leth maith gnàth-shìde agus bith-iomadachd a dhèanamh ann an dòigh a tha a' cuideachadh le ar n-uachdaranas agus ar stiùireadh air an fhearrann atharrachadh; a tha ag ath-bheòthachadh ar raointean anns a bheil an àireamh as lugh a de dhaoine, gu sòisealta, gu h-eaconamach agus gu cultarach; agus a tha a' dèanamh cinnteach gum faigh coimhearsnachdan ionadail co-chuid mhath de na buannachdan ionmhaisail bho gnìomhachdan eaconamach sam bith.

Chan eil na beachd-smuaintean a tha air an lìbhrigeadh san fhoillseachadh seo stèidhichte gu foirmeil, ach tha sinn an dòchas gur e còmhradh tòiseachaidh a th' ann leothasan uile aig a bheil ùidh ann an cruth-atharrachadh air an dòigh sa bheil fearann agus àiteachan fiadhaich na h-Alba air an cleachdadhdh, air an sealbhachdh agus air an stiùireadh.

Mike Daniels

Ceannard Poileasaidh is Stiùireadh Fearainn
Urras Iain Muir

Càrbon agus eadar-ghluasad ceart

Mar a bhios èiginn na gnàth-shide ag èirigh gu ire chunnartach, tha feum againn air mùthadh farsaing a dhèanamh anns gach dòigh gus lèirsrios a sheachnad.

Feumar teasachadh, còmhdaill, àiteachas, solar cumhachd agus mòran a bharrachd atharrachadh gu luath. An seo, tha sinn a' cuimseachadh gu sònraichte air cleachdadh fearainn.

Gu sònraichte, tha sinn airson coimhead ri ar monaidhean, ar beanntan, coilltean agus fearann-mòintich, a bha gu o chionn ghoirid air am faicinn le mòran de luchd-còmhnaidh nam bailean mòra is beaga mar àiteachan nach biodh nan uidh ach do stalcairean-fèidh, luchd-loisgidh chearcan-fraoich, luchd-coiseachd nam beann, ciobairean agus luchd-leasachaidh thuathan-gaoithe. Tha luchd-gleidhidh agus luchd-àrainneachd air a bhith ag argamaid fad ùine gum foaddadh na raointeann mòra sin, air an sgaoileadh tarsainn 55,000 cilemeatair ceàrnagach a rèi staitistigean seòrsachaидh fearainn aig Riaghaltas na h-Alba -70 sa cheud de ar tìr - mòran a bharrachd a sholarachadh dhuinn.

Tha fios againn bheil an comas aig ar n-àiteachan fiadhaich càrbon a dhleasadh air sgèile Fior mhòr. Tha rannsachadh le Riaghaltas na h-Alba còmhla ri Sgoil na Cruinne is Àrainneachd aig Oïlthigh Leeds ag ràdh gum faoddadh ath-stèidheachadh air mòinteach dhreànaichte agus islichte còmhla ri ath-nuadhachadh mòr nàdarra air ar coilltean dùthchasach, taobh a-staigh grunn ghinealaichean, a' cho-ionannachd bhliadhnaile de suas ri trian de ar sgaoilidhean gas taigh-glainne iomlan làithreach a shùghadh an-aïrde (faic *Carbon Emissions Land Tax*, Urras Iain Muir, 2021).

Dh'fhaodadh inbheisteadh mòr-sgèile poblach, pròibhaideach is treas-earrainn ann am pròiseactan gnàth-shide stèidhichte air nàdar, a bhith na spreagadh do ath-bheòthachadh eaconamach tarsainn cuiid de ar raointeann leis an àireamh as lugh a dhaoine agus as cugallaiche gu h-eaconamach. Le uachdarain agus gnothachas a' dùsgadh mar-thà gu cothroman ùra

ionmhasail, feumaidh sinn dèanamh cinnteach gum bi sinn mar cho-chormann, a' faighinn nam buannachdan as àirdre 's a ghabhas, chan ann direach air sgàth gnàth-shide agus bith-iomadachd ach cuideachd do choimhaersnachdan ionadail.

Uachdarain uaine

Thar na bliadhna a dh'fhalbh, tha àidseantan fearainn inbheil air atharrachadh obann aithris ann am margaid an shearainn. "Tha margaid nan oighreachdan spòrs ann an Alba àrd-bhrìoghmhòr an-dràsta," dh'ainmich an *Sunday Times* air ais san Lùnastal 2017. Dh'aithris iad, thairis air a' bhliadhna mu dheireadh, gun robh an companaidh thogafalachean Savills air 26 oighreachd spòrs a reic airson stùim iomlan de £90 millean.

Ann an 2021, dh'ainmich a' chompanaidh cheudna "bliadhna neo-àbhaisteach do mhargaid oighreachdan na h-Alba" le meudachadh de 98 sa cheud anns an àireamh de luchd-ceannach saidhbhir a' clàradh airson fearann a cheannach. Ach an turas so, chan iad am fiadh 's a' chearc-fhraoich a tha gan täladh. "Tha atharrachadh gnàth-shide a' brosnachadh iarrtas gun chrioch airson fearann a tha freagarrach a thaobh craobhan a chur," thuirt neach-labhairt do Savills.

Bu chòir gum biodh seo na dheagh naidheachd do na h-uile. Is e ceum air adhart a th' ann gun teagamh bhon sgudal eag-eòlach a tha sgaoilte gu làithreach tarsainn nan deichean de mhileantean de chilemeatairean ceàrnagach de dh'oighreachdan-seilge na h-Alba. Mus seas sinn air ais agus gum firich sinn ris a' mhargaid-càrboin ar eag-siostaman ath-bheòthachadh, feumaidh sinn measadh agus meòrachadh air eòlas gaoithe air-tìr.

Sna làithean tràtha, bha am beachd mu chumhachd ghlan uaine a' lùghdachadh ar n-eisimeileachd air connaidhean fosail measail aig a' phoball choitcheann. Rè ùine, dh'fhàs e soilleir gun robh bacaidhean na lùib cho math ri buannachdan: gabhail comann air earranan mòra de dh'fhearann airson



Sna làithean tràtha, bha am beachd mu chumhachd ghlan uaine a' lùghdachadh ar n-eisimeileachd air connaidhean fosail measail aig a' phoball choitcheann. Rè ùine, dh'fhàs e soilleir gun robh bacaidhean na lùib cho math ri buannachdan.

Tha sinn ag iarraidh sgeama
creideasachaidh 'ìre òir' bho
Riaghaltas na h-Alba airson
dleasadh càrboin, a tha a'
mìneachadh cheannn-uidhe soilleir
àrainneachdail is coimhairsnachd.




PHOTO: THE FLOW COUNTRY BY MARK HAMBLIN/SCOTLANDBIGPICTURE.COM

prothaid a dh'fhàg coimhairsnachdan air an sgaradh agus air an glasadh a-mach bhon mhòr-chuid de na buannachdan; prìsean fearainn ag eirigh, a shlaodaich an t-iarrtas a dh'ionnsaigh pátran sealbhachaidh nas eadar-mheasgte; agus damaist eag-eòlach air àrainnean fiadh-bheatha agus fearann-mòintich air adhbhurachadh gu neo-aireach le gnòiomhasachadh air cuid de ar cruthan-tire a bu chugallaiche.

Tha fearann agus togalaichean fo ùmhachadh laghan na margaid. Ach tha uallach air riaghaltasan ionadail agus nàiseanta dèanamh cinteach nach ìslitch an t-iarrtas a tha a' sìor fhàs a thaobh fearann airson dleasadh càrboin gu bhith na shuidheachadh mì-òrdail, a bheir saidhbhreas gu mhion-àireamh de shealbhadairean fearainn agus

companaidhean, ach a għlasas a-mach muinntir na coimhairsnachd, a nì cron air bith-iomadachd, a sheachnas na lùghdachaidhean iomlan as àirdre ann am mach-chur càrboin, agus a shiòr chleachdas pátranan seilbhe làidir.

Bu chòir do bhuidhnean an riaghaltais dòighean a lorg gus a' chòir a tha aig ginealaichean ri teachd air co-dhùnidhean a thaobh cleachdadhean fearainn atharrachadh a dhòn, gus nach bi coimhairsnachdan a gheibh gabhaltais-fearainn, mar eisimpleir, air an glasadh a-steach do chùmhnantan coimearsalta fad-bhliadhnaichean a tha air an soidhnigeadh le luchd-seilbh roimhe.

Maoineachadh beusail càrboin

Bidh maoineachadh mòr a dhìth bho inbheisteadh poblach is priobhaideach gus comas na h-Alba air dleasadh càrboin nàdarra a mheudachadh gu làn-ire. Ach chan e cuireadh do ghnothachasan connaidh fosail leantainn orra mar as àbhaist cho fad 's a chuireas iad craobhan dòigh air adhart – i.e. 'frith-chothromachadh.'

Tha gach cilemeatair ceàrnagach de ar fearann a tha air òrdugh aig companaidh adhair no companaidh ola, gus faochadh a thoirt dhaibh bho bhith a' lùghdachadh an sgaoilidhean càrboin, na chilemeatair ceàrnagach a tha air a bhith air a neodrachadh san t-stri an aghaidh atharrachadh gnàth-shide.

Chan eil sinn a' creidsinn nas mothà gu bheil e gu maith a' phobaill a bhith a' faicinn sgaileadh ùr eile de phlanntachasan dùmhail giuthais Sitka tarsainn sléibhteann na h-Alba. Tha Sitka a' fàs luath le comas air fiadh càrboin iosal a sholarachadh an àite plastaig agus stàlinn airson raon de bhathar, agus fanaidh sin na cho-phàirt de ar coiltean san àm ri teachd. Ach nuair a tha iad air an cur air sgèile ghnìomhachasail, às aonais gnè sam bith eile airson bith-iomadachd, tha an sgàil-bhrat dhùmhail a' glasadh a-mach solas an latha agus a' tionndadh an fhearrainn sa bheil iad gu bhith nan sònaichean marbh eag-eòlach. Agus nuair a tha iad air an cur ann an ùir mhì-fhreagarrach, faodaidh iad deicheadan bhliadhnaichean de càrboin a tha air a stòradh a sgaileadh don àile aig àm cur agus leagail.

Feumaidh maoineachadh càrboin a bhith dèante ceart agus air a stiùireadh ann an dòigh a neartaicheas misneachd a' phobaill agus na coimhairsnachd. Le bhith a' cur frèam-obrach làidir ri chèile, dh'fhaodadh Riaghaltas na h-Alba cuideachadh le Alba dhùthchail a stiùireadh gu àm ùr cruth-atharrachail le fearann aig cridhe ath-bheòthachaiddh eag-eòlach, gnàth-shide agus eaconamach.

Ire Òir

Tha Urras Iain Muir a' creidsinn gum bu chòir do Riaghaltas na h-Alba gach oidhrip a dhèanamh taobh a-staigh a chumhachdan, gus dèanamh cinnteach gu bheil pròiseactan deasaidh càrboin a' coileanadh nan irean as àird a thaobh àrainneachd, coimhlearsnachd agus ceartas shòiseala.

Bu chòir dha ire nàiseanta frith-cothromachaichd càrboin air bunait nàdair a leasachadh do shealbadairean fearainn - priobhaideach, poblach, coimhlearsnachd agus carthannas - le taic bho sgeama creideasachaidh, a bhiodh an dà chuid iùna dearbhadh air aontú an riaghaltais agus na ro-chùmhantair aonachadh poblach.

Airson adhbharan soilleireachaidh, tha sinn a' mìneachadh an seo cuij de na priomh shlatan-tomhaisair am faodte beàchdachadh.

Liosta-sgrùdaidh do leasachadh coimhlearsnachd

- Roimh stèidhichte a thabhanair air coimhlearsnachdan còmhla rì cuireadh a bhith an sàs ann an co-dhùnайдhean cùdròmach.
- Piosan beaga fearainn a riarrachadh do choimhlearsnachdan airson èicio-taigheadais, huta agus ceabain.
- Seachnadh chùmhantair coimearsalta fad-amaill a tha a' glasadh sios cleachdadh fearainn do ghinealachean rì teachd.
- Priomhachadh obraichean ionadail (m.e. coilltearan, stalcairean feidh, eag-eòlaichean).
- Ag obair le ionadan foghlaim gum cothroman trèanaidh a thabhan do dhaoine òga ionadail.

Liosta-sgrùdaidh do dhòn àrainneachdail

- Sgaoilidhean fior lòm a lìbhrigeadh seach ceadachadh do thruailleadairean troma càrboin leantainn air adhart mar as àbhaist.
- 'Eu-dionachd' a sheachnadh far a bheil sgaoilidhean gan gluasad bho aon àite gu àite eile.
- Seachain sgeamaichean luath cur-chraobhan airson buannachdan geàrr-amaill.
- Bithibh làn fhollaiseach agus sgrùdaichte gus bacadh a chur air cunntadh dùbailte.
- Faigh Measadh Buaidh Àrainneachdail gus a dhèanamh cinnteach nach eil lùghdachadh càrboin ga choileanadh às aonais bith-iomadachd.
- Biodh targaid agaibh de 50 sa cheud de ghnèithean dùthchasach ann an sgeamaichean coille ura airson bith-iomadachd, goireas agus fulangas gnàth-shìde fad-amaill.
- Lùghdaich cuideaman a thaobh cus ionaltraidh gus leigeil le ath-bheòthachadh nàdarra tachairt, le ro-bheachd an aghaidh feansadh-féidhe.

Cìs Fearainn Sgaoilidhean Càrboin

Tha feum aig a' chomann shòisealta air cruth-atharrachadh bunaiteach san dòigh a tha sinn a' stiùireadh ar talmhainn àirde. Tha ochdad sa cheud de ar fearann-mòintich air irioslachadh mar thoradh air gniomhachd dhaonna. Tha ar craobhan nàdarra air an lùghdachadh gu direach ceithir sa cheud de ar raon fearainn ionlan. Feumaidh seo atharrachadh gu luath.

Thar na bliadhna mu dheireadh, tha Urras Iain Muir air bun-bheachd de Chìs Fearainn air Sgaoilidhean Càrboin a leasachadh mar dhòigh air astar atharrachadh fearainn a ghereasad am measg nan uachdaran fearainn as mothà ann an Alba. Chuireadh e gabhaltasan-fearainn uile thairis air 1000ha ann am bann cìse a bhios ann an co-reir ri am fior sgaoilidhean agus an comas air sgaoilidhean càrboin, deimhinneach no àicheil, agus dh'faodadh e a bhith na dhòigh chumhachdach air cleachdadh fearainn a chruth-atharrachadh, gu h-àraig ann an raointean de tharbhachd àiteachais a tha cugallach.

Tarsainn mòran den talamh àrd againn, tha cultar nan oighreachdan spòrs gu h-àraig air a bhith fad-stèidhichte thar nan 150 bliadhna mu dheireadh. Ach tha cuid den chomas as mothà an àite sam bith san RA airson ath-bheòthachadh eag-eòlach mòr-sgèile air càrbon is bith-iomadachd aig na farsaingeachdan mòra fearainn sin.

Bhiodh na h-uachdarain sin a tha daingeann mu ruith an oighreachdan gun bheachdachadh sam bith air cinn-uidhe phoblach èiginneach a thaobh lasachadh air atharrachadh gnàth-shìde agus ath-bheòthachadh bith-iomadachd air an cur air bann cìse nas àirde le teachd-a-steach ga ghleidheadh gus coimhlearsnachdan agus gabhaltasan-fearainn nas lugh a chuideachadh le eadar-ghluasad gu càrbon àicheil.

Tha am moladh air taic ana-mhòr fhaighinn bho Sheanadh Gnàth-shìde na h-Alba agus a-nis a' faighinn èisteachd bho luchd-poilítigs, luchd-saidheans agus eaonamaichean.

Gus gèilleadh a nochdadh do chumhachdan tiomnaichte, tha sinn a' sùileachadh gum biodh cìs air a tional agus air a sgaoileadh am measg chomhairlean ionadail.

Bith-iomadachd agus eadar-ghluasad ceart

Tha Alba, coltach ris a' chòrr den RA agus den t-saoghal fharsaing, a' coimhead ri cùis-èiginn bith-iomadachd gun choimeas ann an eachdraidh dhaonna. A rèir aithisg a chaidh fhoillseachadh ann an 2019 leis na Dùthchannan Aonaichte, tha mu aon mhillean beatach is gnè planntais fo bhagairt a dhol à bith, mòran dhiubh taobh a-staigh dheicheadan de bhliadhnaichean.

Chan e obair feadhna eile a th' ann seo a chur ceart.

Tha ceithir nàiseanan na RA le chèile am measg na feadhna as miosa air an t-saoghal airson failligeadh ann am fiadh-bheatha agus àiteachan fiadhaich a dhion bho ghnìomhachd dhaoine.

Ann an Indieacs Slànachd Bith-iomadachd san Taigh-tasgaidh Eachdraidh Nàdarra de 240 dùthach is tir feadh an t-saoghal, tha Sasainn air a rangachadh san 7mh àite bhon bhonn; Èirinn a Tuath 12mh; A' Chuimrigh 16mh; agus Alba 28mh. Dh'fhaodadh gu bheil Alba air thoiseach air a' chòrr den RA, ach bidh sinn fhastast a' triall gu dubhach air cùlaibh 211 dùthach eile nuair a thig e gu bhith a' dion nàdar.

A bheil seo gu diofar? Tha, oir tha nàdar aig cridhe ar beò-bhith. Às aonais planntais, bhiastagan, eunlaith, mhamalan, iasg, fhungasan agus fhàs-bheartan, dheigheadh an cinneadh daonna a-mach à sealladh. Bho thoiseach eachdraidh, tha an saoghal nàdarrach air n-uidheamachadh le biadh, aodach, fasgadh, cungaidean-leigheis, àile ghan, fior-uisge, stuthan togail agus gach nì eile a dh'fheumas sinn airson a bhith beò.

Tha cùis-èiginn bith-iomadachd diofraichte bho agus eadar-cheangalite le cùis-èiginn na gnàth-shide. Tha na dhà freumhaichte ann an caitheamh neo-sheasmhach. Bu chòir do nàdar ar solarachadh le lionmhorachd de gach nì air a bheil feum againn, gu buan-mhaireannach. Ach tha sinn a' glamhadh ar siotaman taic beatha.

Chan eil àite aig nàdar ann an obrachaidhean a-mach GDP

aig eaonamaichean. Ma dhùineas sinn sìos crann ola no ma lùghdaicheas sinn an àireamh de dh'itealaichean bho ar puirt-adhair, bidh coltas nas miosa air ar fígearan GDP; ach ma chailleas sinn leth de ar gnèithean, chan eil e fiù 's clàraichte mar spot air an duilleig cothromachaiddh nàiseanta.

Gu fortanach, tha an co-chomann a' tòiseachadh air ealla a ghabhail ri sgèile agus doimhneachd na cùis-èiginne a tha romhainn. Gus gluasad air adhart, feumaidh sinn briseadh air falbh bhon ghnàth-chleachdadh traidiseanta an lùib planadh agus an eaonamaidh, a chì nàdar mar chnap-starra airson a spionadh sìos ann an ainn adhartaist.

Ann an Alba, tha fior-bhochdaiann a' falbh taobh ri taobh le neo-ghluasadachd agus di-dhaoineachadh.

Dh'fhaodadh sinn nithean a dhèanamh ann an dòigh eadar-dhealaichte, agus eisimpleir deàlrach a thaisbeanadh do dhùthchannan eile air feadh na cruinne. An àite eaonamas a chur an aghaidh àrainneachdais, dh'fhaodamaid ar n-eaonamaidh dhùthchail ath-nuadhachadh, gu h-àraid anns na sgìrean as gainne de - shluagh le a bhith a' cur nàdar aig cridhe ath-bheòthachaidh eaonamaich uaine.

Talamh-àrd millte

Tha Alba ann an suidheachadh làidir gus a bhith na dhaingneach de bhith-iomadachd fasail.

Tha fearann tuathanais dùinte a' cunnadh airson 20 sa cheud de ar tomad-fearainn, ann an coimeas ri 55 sa cheud ann an Sasainn agus còrr air 40 sa cheud ann an Èirinn a Tuath agus sa Chuimrigh. Air a chaochladh, tha beannan, monaidhean agus talamh-mònach - còmhla aithnichte mar 'talamh àrd' - a' dèanamh suas 44 sa cheud de ar fearann, a tha còrr air dà thuras na h-àireimh sa cheud ann an Èirinn a Tuath, ceithir uimhir sin sa Chuimrigh agus naoi tursan nas àirde na Sasainn.



Tha am modal Bhioctòirianach a tha a' strì ri sluaighean fèidh is circe-fraoiche a chumail aig ìrean mì-nàdarra àrd, gu call na mòr-chuid de ghnèithean eile, neo-chòrdail le cinn-uidhe phoblach do nàdar.

Bho mhonadh circe-fraoiche gu tèarmann nàdair

Tràth ann an 2020, chuir Iomairt Langholm taigse dhàna air bhog gus àite a bha cleachdte mar mhonadh circe-fraoiche a thionndadh gu bhith na tèarmann nàdair.

Tha am baile ann an ceann a deas na h-Alba, a b' àbhaist a bhith na bhaile mhuilnean, on uair sin air a' chìad iù den cheannach coimhlearsnachd a chrìochnachadh: 5200 acairean aig cosgais £3.8 millean.

Tha tèarmann Nàdair Gleann Tarrais a-nis gu math air a shlighe. Tha sia obraighean ùra air an cruthachadh agus tha làntachd de phròiseactan air an stiùireadh leis a' choimhlearsnachd a' dol air adhart.

Tha planaichean mionaideach a-nis gan adhartachadh gus an 5,300 acair a tha air fhàgail a cheannach agus a dhol air adhart le prògram leàrsinneach de dh'ath-chruthachadh sòisealta, eaonamach agus eag-eòlasach ann an coimhlearsnachd a dh'fhuiling san àm a dh'halbh tro chrònadh bàsmhor air a' ghniomhachas aodaich ionadail.

DEALBH: TEÀRMANN NÀDAIR GHLEANN TARRAIS LE DAVID LINTON



Tha luach iosal àiteachail aig na farsaingeachdan mòra sin de thalamh àrd, sgaoilte thar 35,000 cilemeatair ceàrnagach - ach tha comas àrd bith-iomadachd aca. Is e 'comas' am priomh fhacal an seo. An-dràsta fhèin, tha mòran den talamh sin falamhaichte de nàdar mar thoradh air cus ionaltraidh, falasgair, drèanadh agus cur eachdraidheil air planntachasan dùmhail coilltearachd choimearsalta.

Tha na staitigean as tìre bho Riaghaltas na h-Alba a chaidh fhoillseachadh ann an 2019, a' taisbeannadh gu bheil 80 sa cheud den fhearann mònach againn air a mhilleadh agus tha ar coilltean is fearann coillteach a' còmhachd direach 18 sa cheud den raon fearainn iomlan, nas lugh a leth a' chuibheis Eòrpach de 44 sa cheud. Is e giuthas Alaskan Sitka as moth a th' agaunn agus gnèithean eile de luach iosal eag-eòlach nuair a thèid an in-mhalairt a dh'Alba.

Is e an t-aon chnap-starra as moth a ann an dèanamh adhartas eag-eòlach tarsainn na mòr-chuid de ar talamh àrd ceannas cultair de stiùireadh fearainn a tha a' priomhachadh spòrs seilge thar ghniomhachdan sam bith eile.

A rèir na h-aithisg ann an 2013 le Buidheann Mòintich na h-Alba, tha 12.5 sa cheud de raon fearainn iomlan na h-Alba (10,000 cilemeatair ceàrnagach) air a stiùireadh gus dèanamh cinnteach à dhùmlachd flor àrd den chirc-fhraoich ruaidh rè an t-seusain seilge as t-fhoghar.

Tha stiùireadh dian air monadh circe-fraoiche a' cuimseachadh air cruth-tìre fhosgailte gun chraobhan a

chumail suas, anns a bheil, cha mhòr a-mhàin, fraoch a tha a' solarachadh biadh, fasgadh agus beathachadh don chirc-fhraoich ruaidh.

Tha a' mhòr-chuid de dh'fhiadh-bheatha eile air a chumail sios tro ghlacadh, ribeadh agus losgadh air sreach de ghnèithean a dh'fhaodadh beantainn don àireamh de clearan fraoich, leithid sionnaich, neasan, easagan, maighich-beinne agus starragan - agus a dh'aindeoin gearain phoblaich, tha glacadh agus puinnseanachadh mi-laghail air eòin dionta a' leantainn. Gun teagamh sam bith, tha cuid de ghnèithean eile mar eòin-ghruinnachaidh a neadachas air an talamh, gu tuiteamach a' faighinn buannachd bhon t-siostam àrd-stiùireachd seo - ach tha bith-iomadachd iomlan air a lùghdachadh gu mòr ann an coimeas rí raointeán de dh'fhas nàdarra.

Tha raon fiù nas moth a de dh'fhearann na h-Alba - 18,000 cilemeatair ceàrnagach, no 23 sa cheud de ar raon fearainn iomlan - coisrigte sa mhòr-chuid do chur-seachad de stalcadh fhèidh, a rèir aithisg ann an 2016 air a coimiseanadh le Comann Bhuidhnean Stiùiridh nam Fiadh. Tha na h-oighreachdan sin a dh'aona gnothach a' cumail suas dhùmhachdan àrda fèidh gus dèanamh cinnteach à lionmhorachd de dh'fhèidh airson spòrs na seilge



PHOTO: STALKING AT QUINAG BY DAVID BALHARRY

Stalcadh coimhersnachd air fèidh

Tha sinn a' cur taic ri làn ath-leasachaidh air stiùireadh fhèidh mar a chaith a gheal-tann le Riaghaltas na h-Alba mar fhreagairt do dh'aithisg Buidheann Obrach neo-eisimeileach nam Fiadh, a' gabhair a-steach ro-innleachd nàiseanta airson dùmhachdan fèidh a lùghdachadh gu irean a leigeadh le nàdar soirbhachadh.

Dheigheamaidh na b' fhaide le bhith ag atharrachadh reachdas làithreach gu fèidh fhiadhaich ainmeachadh mar ghoireas choitcheann, gun chòraichean seilge a bhith tuilleadh mar a' chóir às-dhùnach aig uachdarain fa leth. Dh'fhaodadh seo an doras phosgladh gu com-pàirteachadh nas pharsainge ann an sealg fhèidh tro bhuidhnean ionadail clàraichte agus riaghailteach mar a tha na chleachdadh àbhais-teach sa chòrr den Roinn Eòrpa, agus gu stèidheachadh air ionadan sithinn coimhersnachd gus an fheòil a ghiullachd agus a riarrachadh. Tha cuid de mhodalan a' tighinn am bàrr mar-thà ann an Alba aig ire ionadail: ceann a tuath na Hearadh, mar eisimpleir, far a bheil an oighreachd ann an làmhan na coimhersnachd, tha daoine ionadail an lùib gearradh sios tro chilub stalcaidh; ann an Asainte far a bheil Urras Iain Muir a' stiùireadh lònach sithinn agus a' cruthachadh buidheann stalcaidh bhoireannach.

Tro thargaidean tanacha dhìs is dùmhachdan ceangailte ri cinn-uidhe àrainneachdail soilleir, dh'fhaodadh barrachd stalcairean am fastadh, còmhla ri cothroman trèanaidh do dhaointe òga fo stiùir

rè an t-seusain-sheilge as t-fhoghar. Tha an cuideam air ionadtradh bho dhùmhachdan àrda fèidh air ar talamh àrd a mhilleadh gu bunaiteach.

Fhad's a tha àireamhan feidh a' fuireach aig irean a tha neo-fhìreanta àrd, bidh e do-dhèanta an sgèile de àrainnean nàdarra a choileanadh, agus gu h-àraid ath-nuadhachadh air fearann-coillteach a tha riatanach airson na mòr-chuid de ar fearann ath-bheòthachadh gu slàinte eag-eòlach.

A thuilleadh air a bhith a' milleadh àrainneachd nàdarra, tha ceannas spòrs seilge tarsainn càrr air trian de ar fearann air buaidh chruaiddh a thoirt air comas eaconamach Gàidhealtachd na h-Alba agus sgìrean dùthachail iomallach eile.

Choilean aithisg air a coimseanadh le Riaghaltas na h-Alba (*Buidhean Sòisio-eaconamach Ghniomhchdan Mòintich ann an Alba*, An Dàmhair 2020) grunn sgrùdaidhean cùise ann an doimhneachd a bha a' tomhas duilleag cothromachaidh eaconamach aig diofar sheòrsaichean de stiùireadh fearainn. Bha e a' gabhair a-steach mion-sgrùdadhbh air oighreachd mhòr stalcaidh fèidh a' còmhachd 38,500 ha ann an Gàidhealtachd na h-Alba.. Lorgadh gun robh an obair stalcaidh fèidh a' ruith aig call bliadhnaidh de £116,950 agus a' fastadh còig dreuchdan 'sònraichte do dh'fhèidh' co-ionann ri làn-thide. Tha seo ag obrachadh a-mach aig aon dhreuchd làn-

thide gach 77 cilemeatair ceàrnagach. Tha an ire ìosal seo de ghniomhachd eaconamach a' cur glè bheag ris an eaconamaidh dhùthchail agus ag iarraidh àireamh bheag de chompàrtichean, 's dòcha nas lugha na beagan mhiltean gach bliadhna.

Tha Urras Iain Muir a' creidsinn, ged a dh'fhaodadh àite a bhith ann airson stalcaidh fhèidh agus teinnead ìosal, no' coiseachd suas' gu sealg chearcan fraoich mar phàirt de mheasgachadh de chleachdaidhean air fearann air tuath na h-Alba, tha am modal Bhiocòirianach a tha a' strì gus àireamhan mì-nàdarra àrd de dh'fhèidh is clearcan-fraoich a chumail suas gu call na mòr-chuid de ghnéithean eile neo-chòrdail le cinn-uidhe phoblaich airson nàdar, gnàth-shìde, ath-shluaghachadh agus an t-ath-bheòthachadh eaconamach air sgìrean dùthchail.

Eag-eòlas agus eaconamaidh

Bidh eadar-ghluasad ceart ann an raon bith-iomadachd ag iarraidh atharrachadh bunaiteach ann an cleachdadh fearainn. Tha sinn a' tuigsinn gu bheil cuideaman farpaiseach air ar fearann. Tha feum againn air farsaingeachd airson tuathanachas, taigheadas, cumhachd ath-nuadhachail, cur-seachadan, coilltearachd agus turasachd.

Thar na linne gu leth a dh'fhabbh, tha cothromachd cleachdadh fearainn tarsainn na mòr-chuid de thuath na h-Alba air a bhith

**Tha Urras Iain Muir ag obair gu dlùth le
Urras Fearainn Choimhearsnachdan
Gàidhealtachd Shiorrachd Pheairt, aig a
bheil sealbh air agus a' stiùireadh fearann
500 heactar Dùn Coillich faisg air Sith
Chailleann.**



Fearann-coillteach choimhearsnachdan

Tha prìomh uallach air uachdarain mhòra – poblach, priobhaideach, coimhearsnachd agus NGO – air ath-nuadhachadh eag-eòlasach air sgèile cruth-tire a stiùireadh air adhart airson gnàth-shìde agus bith-ionadachd.

Ach gus eadar-ghluasad ceart a dhèanamh a dh'ionnsaigh eag-shiostam nas ioma-dhòighich, tha feum againn air com-pàirt dhaoine ionadail ann an coimhearsnachdan dlùthchail is bailteil, a leudachadh. Tha Comann Fearann-coillteach Choimhearsnachdan a chaidh a stèidheachadh ann an 2003, a-nis le 200 buidheann co-cheangailte an sàs ann an sealbh agus/no stiùireadh fearann-coillteach ionadail.

Tha e cuideachd an sàs ann a bhith a' cur tùs air leasachadh croitean fearainn-coillteach – aonadan de dh'fhearrann as urrainn bith-beò a sholarachadh bho thoraidhean fearann-coillteach, ionaltradh seasmhach agus stiùireadh àrainnean.

Tha iad sin aig ire tòiseachaidh ann an Alba, ach cumanta ann am mòran de dhùthchannan eile na Roinn Eòrpa.

**Tha sinn a' gairm
ath-leasachadh
luath air stiùireadh
fhéidh agus siostam
làidir ceadachd air
monaidhean circe-
fraeloch.**




PHOTO BY MORRIS MACLEOD

air aomadh gu mòr a dh'ionnsaigh tìdhean cumhang priòbhaideach gu call mòr nan coimhairsnachdan ionadail, na h-àrainneachd nàdarra agus na h-ùidh nàiseanta sa fharsaingeachd. Feumaidh seo atharrachadh. Feumaidh sinn am putan ath-stèidheachaидh a bhruthadh.

Tha an àireamh de dh'aithisgean rannsachaidh a chaidh fhoillseachadh thar nam beagan bhliadhnaichean mu dheireadh air cùis eiginneach eaconamach is sòisealta a mhìneachadh airson gluasad a dh'ionnsaigh eaconamaidhean stèidhichte air nàdar tarsainn mòran de ar fearann, gu h-àraig nar talamh àrd agus àiteachan fiadhaich eile far nach eil toradh àiteachais sam bith.

Priomh thoraidhean a' gabhail a-steach:

- Tha turasachd stèidhichte air nàdar gu làithreach a' gintinn £1.4 billean sa bhliadhna agus 39,000 dreuchd co-ionann ri làn-thìde do dh'eaconamaidh na h-Alba. (*A Nature Recovery Plan*, RSPB Scotland; Scottish Wildlife Trust; WWF; 2020).
- Bhiodh co-mheas buannachd-cosgais de 1:7 thar 25 bliadhna aig inbheisteadh mòr-sgèile ann an ath-leasachadh nàdair ann an Alba. (*A Nature Recovery Plan*; RSPB Scotland; Scottish Wildlife Trust; WWF; 2020).
- Meudachadh de 54 sa cheud ann an obraighean FTE ann an 33 làraichean 'ath-fhiadhachaidh' ann an Sasainn thar nan deich bliadhna a dh'fhalbh, a' gabhail a-steach ann am foghlam, turasachd nàdair, toradh bìdh is dibhe, eag-eòlas agus tachartasan. (*Rewilding and the Rural Economy*; Rewilding Britain; 2021).

Gus cuideachadh le eadar-ghluasad ceart a choileanadh do dhaoine, àrainnean agus fiadh-bheatha, bu mhath le Urras Iain Muir fhaicinn:

- Ath-leasachadh luath air stiùireadh fhéidh ann an co-rèir ri molaidhean Buidheann Obrach nam Fiadh a thaneo-eisimeileach.
- Siostam ceadachd làidir do monaidhean stiùirichte circe-fraeloch, a tha a' dion fiadh-bheatha agus àrainnean bho chleachdaidhean millteach.
- Taic ionmhasail do chroitearan agus tuathanaich bheaga gus an gluasad a' dh'ionnsaigh àiteachas càirdeil nàdarra.
- Airgead poblach do bhathar poblach agus deireadh air subsadaidhean airson fearann a tha sa mhòr-chuid air a stiùireadh airson chur-seachadan priòbhaideach (mar eisimpleir, subsadaidhean àiteachais pàigthe do dh'oighreachdan spòrs).
- Comhairlichean ag adhartachadh agus a' maoineachadh leudachadh ann am fearann coillteach ionadail, agus croitean fearainn coillteach.
- 50 sa cheud aig a' char as lugh a de dh'fhearrann coillteach ùr gu bhith na ghnèithean nàdarra gus co-chothrom fhaotainn eadar obraighean geàrr-amail agus cruth-atharrachadh fad-amail air cruthan-tìre, eag-shiostaman agus eaconamadhean ionadail.
- Ro-innleachd iomlanach gus ath-shìlanachadh bith-iomadachd a làn-àrdachadh, a' gabhail a-steach taigheadas, bun-structar agus còmhaghail gu buannachd obraighean nàdair ann an àiteachan gann de dhaoine.

Coimhearsnachdan, ath-leasachadh fearainn agus eadar-ghluasad ceart

Ann an 2017, stèidhich pàrlamaid Taigh an Ròid Coimisean Fearainn na h-Alba le dlestanas airson sealbh fearainn ùrachadh agus eug-shamhlachadh.

Tha Urras Iain Muir a' cur làn-taic ris a' cheann-uidhe seo. Chan eil seo air sgàth 's gu bheil sinn an aghaidh sealbh priobhaideach. Tha sinn a' creidsinn gu bheil adhbharan làidir àrainneachdail agus ceartais shòisealta airson pátrán de shealbhachd fearainn a dhùbhlachadh an lùib seo, a tha mar aon den fheadhainn as làdire san t-saoghal leasaichte.

Tha cuid de dh' uachdarain phriobhaideach, mòr agus beag, a' stiùireadh an cuid ann an dòigh gun choimeas - a' cur fàilte air ruigsinneachd phoblach, ag obair gus nàdar ath-leasachadh, co-obrachadh le coimhearsnachdan, solarachadh taigheadais agus cruthachadh obraichean. Tha iad sin fhathast annasach ge tà, seach àbhaisteach.

Tha dàta bho fharsaingeachd thùsan (mar eisimpleir, Comann Bhuidhnean Stiùridh nam Fiadh, Buidheann Mhonaidean na h-Alba agus Nàdar Alba) a' moladh gu bheil meud fearann dùthchail priobhaideach coisrigte don iùdh bheag ann an sealg, fada nas mothà na tha air a stiùireadh gu buannachd nan coimhearsnachdan ionadail agus na h-àrainneachd nàdarra.

A thuilleadh air sin, faodaidh sealbh priobhaideach fearainn a bhith neo-chunbalach. Tha mar a tha fearann ga chleachdadh agus air a stiùireadh gu mòr ann an làmhan an neach fa leth. Bidh uachdarain phriobhaideach a' falbh 's a' tighinn, a' ceannach 's a' reic an cuid fearainn no ga chur air adhart gu ginealaichean ri teachd. Ge air bith cò aca, faodaidh priomhachasan atharrachadh còmhla ris na reachdan chòraichean.

Bho shealladh àrainneachdail, a thuilleadh air bho shealladh sòisealta is econamach, tha luach mòr ann an sgaoileadh sealbh fearainn gus am bi tasgadh direach aig àireamh mòran nas mothà de dhaoine anns an dòigh a tha fearann ga chleachdadh.

àraig iadsan a' fuireach agus ag obair gu h-ionadail, anns an dòigh sa bheil am fearann air a làimhseachadh.

Ma tha sinn airson atharrachadh eag-eòlach a stiùireadh ann an Alba air sgèile a tha riatanach gus dèiligeadh ri linntean de sgrios, feumaidh sinn na ghabhas de dhaoine agus de choimhearsnachdan dùthchail a thoirt an lùib planaidd is cho-dhùnaidhean. Bidh cruth-atharrachadh bhon bhonn suas an-còmhnaidh nas cumhachdaiche na atharrachadh sparraichte on mhullach sios.

Chan eil ath-leasachadh fearainn dìreach mu dheidhinn sealbhachd. Ann am facail Coimisean Fearainn na h-Alba, tha e cuideachd mu dheidhinn "freumhachadh sealbhachd fearainn cunnatachail". Tha sinn airson obrachadh còmhla ri cùch gus feallsanachd ùr a stèidheachadh mu thimcheall sealbh fearainn.

Tha ar beanntan, monaidhean agus àiteachan fiadhaich mar phàirt de ar dualchas coitcheann: somhaoinean prìseil ionadail, roinneil, nàiseanta agus eadar-nàiseanta seach dìreach sealbhan pearsanta. Bu chòir uachdarain uile - priobhaideach, poblach, carthannais, coimhearsnachd - am brosnachadh gu bhith gan giùlan fhèin mar luchd-gléidhidh agus stiùbhardan an fhearainn, le dlestanasan reachdail don àrainneachd nàdarra, do dhaoine ionadail agus do ghinealaichean ri teachd.

Sealbh coimhearsnachd

Tha an cruth sònraichte a tha ath-leasachadh fearainn air gabhair ail tuath Alba thar nan 30 bliadhna mu dheireadh, freumhaichte gu ìre ann an cruth-tìre na h-Alba, nach eil ga dhèanamh furasta na ceudan de mhìltean de thacan fa leth a chruthachadh, mar a thòisich ann an Èirinn aig deireadh na 19mh linne. Tha e coltach gu bheil am modal a tha nas fhaisge air co-shealbh coimhearsnachd nas fhreagarracha do chruthan-tìre na h-Alba a tha nas mothà agus nas eadar-mheasgte gu cruinn-eòlasach.



Bho shealladh àrainneachdail, tha luach anamhòr ann an sgaoileadh sealbhachd fearainn gus am bi tasgadh dìreach aig àireamh nas mothà de dhaoine anns an dòigh a tha fearann ga chleachdadh.

A thuilleadh air a bhith umhail do riaghailtean carthannais agus fosgarrachd, tha urrasan fearainn coimhearsnachd air an taghadh le agus cunntachail do dhaoine ionadail.

Tha am modal coimhearsnachd gu math deamocratach. A thuilleadh air a bhith umhail do riaghailtean agus fosgarrachd carthannais, tha urrasan fearainn coimhearsnachd air an taghadh le agus cunntachail do dhaoine ionadail. Tha sin a' ciallachadh gu bheil iad nas comasaich air meòrachadh air agus cothromachadh an caochladh phrìomhachasan - àrainneachdail, cruth-tìre, sòisealta, eaonamach - a tha an làthair taobh a-staigh gach coimhearsnachd. Aig an aon àm, tha iad buailteach a bhith nas mothachail do agus ceangailte ri prìomhachasan nàiseanta tro chom-pàirteachasan nas fharsainge.

Is e maoineachadh aon chnap-starra mòr ro thuilleadh leudachaidh air sealbh fearainn coimhearsnachd. Ann an 2014, dh'ainmich Riaghaltas na h-Alba targaid de dh'aon mhilleann acair ann an sealbh coimhearsnachd ro 2020. 'S gann gun do ràinig e leth na targaid, sa mhòr-chuid mar thoradh air prìsean ag èirigh.

A ràir Coimisean Fearainn na h-Alba, tha luach fearainn air èirigh gu mòr tarsainn na RA le còrr air 450 sa cheud bho 1995 (agus a' leantainn a' fàs gu cunbalach).

Tha Urras Iain Muir a' cur taic ri Coimisean Fearainn na h-Alba ann am feuchainn ri fuasglaidhean a lorg a dh'fhaodas casg a chur air a' mhargaid shaoir ann am prìsean fearainn, a' gabhail a-steach seòrsa air choreigin de chìs fearainn. Aig an aon àm, tha sinn a' tuigsinn nach eil fuasgladh aithghearr ri fhaotainn.

San eadar-ama, tha sinn gu faiceallach air tòiseachadh air modalan ùra de shealbhachd a rannsachadh, a dh'fhaodadh fiughantas, dealas agus leud eòlais dhaoine ionadail a tharraing còmhla, aig a bheil ruigsinneachd nas fharsainge, comasachdan ionmhaisail nas làidire agus eòlas speisealaichte de bhuidhnean àrainneachdail is glèidheteachais. Dh'fhaodadh an roinn phoblach a bhith an sàs cuideachd, còmhla ri tabhartaithean is gnothachasan càirdeil fa leth.

Chòrdadh e rinn cuideachd oilthighean is colaiscean fhaicinn a' toirt trèanadh do dh'uachdarain coimhearsnachd a tha an làthair agus a tha san amharc, ann an raointean leithid gnothachas, stiùireadh fearainn agus saidheans àrainneachdail.

Eilean uaine

Is e Urras Dualchais Eilean Eige aon mhodal com-pàirteachais coimhearsnachd / glèidheteachais / phoblach a tha àrd-shoirbheachail, le bàrd-stiùiridh de riochdairean bho Chomann Luchd-còmhnaidh Eige, Comhairle na Gàidhealtachd agus Urras Fiadh-bheatha na h-Alba. Tha a bhun-reachd a' dèanamh cinnteach gu bheil mòr-chuid aig riochdairean taghte coimhearsnachd air a' bhòrd.

On a ghabh Urras Dualchais Eilean Eige thairis ann an 1997, tha an t-eilean air a chruth-atharrachadh gu lòchran de dh'adhartas sòisealta is àrainneachdail. Tha cruth-tìre a bha air a mhilleadh aig aon àm le plantachasan chraobhbean-dùircéin a chuireadh an sàs leis an uachdaran phrìobhaideach, gu mòr air a shlighe gu bhith air ath-leasachadh gu slàinte eag-eolach. Tha an aon lios-àraich chraobhan stèidhichte air eilean ann an Alba a' cur taic ri sgaoileadh air feàrna, caorann, ailm, darach, caltainn, beithe agus sgìtheach (agus leis nach eil feidh idir anns an eilean tha seo nas fhasa buileach).

Tha an àireamh-shluaign air èirigh 60 sa cheud bho na 1990an. Tha na taighean uile air an dèanamh suas agus na màiil air an lùghdachadh. Tha stuthan ath-nuadhachail ann an sealbh na coimhearsnachd, a' solarachadh cumhachd 24 uair a thidhe do gach taigh, uile aig a bheil meatairean clis agus suidse-triopaidh air a stàlachadh gus ùisneachadh làitheil a chumail fo 5Kw.

Tha lònra bann-leathainn ann an sealbh na coimhearsnachd, a' ceadachadh do dhaoine ionadail a bhith ag obair do dh'fhasataichean aig astar. Tha eaonamaidh ionadail bheòthail a' gabhail a-steach sheanachaidhean, chuidichean-bùtha, luchd-ciùil, eag-eòlaichean, ghrùdairean, innleadairean làraichean-lìn, luchd-obrach cumhachd, manaidsearan pròiseict, luchd-obrach togail agus solaraicheadh turasachd.

Tha an t-ionad cultair, sòisealta is gnothachais brèagha, Talla na Mara, air a ruith leis a' choimhairsnachd ann an sealbh Urras na Hearadh an Iar.

DEALBH: TALLA NA MARA, URRAS NA HEARADH AN IAR LE MARGARET



Aiteachan fiadhaich is ath-dhaoineachadh

Aig teis-meadhain cuìs-èiginn gnàth-shide is bith-iomadachd na cruinne, tha di-dhaoineachadh dùthchail agus am briseadh

a lean anns an dàimh eachdraidheil eadar daoine is nàdar.

Is e pàirt mhòr de mhisean Urras Iain Muir ann an Alba, an ceangal cailtelle sin eadar daoine is fearann ath-leasachadh ann an co-theacs a nua-aimsireil, gu h-àraid àiteachan fiadhaich.

A' sruthadh bhon sin, tha sinn a' cur taic ris an obair acasan a tha a' sireadh ri cuid de na sgìrean as lugh a'ireamh-sluagh ath-dhaoineachadh. Tha sinn a' creidsinn gun gabh seo a dhèanamh ann an dòigh a tha mothachail do chruth-tìre agus nàdar.

Tha sinn a' cleachdadh 'àiteachan fiadhaich' gus iomradh a thoirt air na raointe an fearainn far a bheil nàdar saor bho na cuibhreachaidhean a tha air an sparradh taobh a-staigh chruthan-tìre air an àrd àiteachadh no dian-stiùiriche. 'S e abair eile a th' ann an àite 'fàsach', a tha a' nochdadh cruth-tìre faisg air nàdarra, far nach eil buaidh dhaonna ach tearc no neo-làthair.

Mar a' mhòr-chuid de dhùthchannan eile san Roinn Eòrpa, chan eil fàsach ann an Alba. Tha gach cilemeatair ceàrnagach de ar fearann, agus am fearann as fhiadhaiche, air a bhith fo

bhuaidh gnìomhachd dhaoine. Gu h-eachdraidheil, bha daoine agus nàdar a' soirbheachadh taobh-ri-taobh sna h-àiteachan sin. Tha sinn a' cur taic ris a' bheachd a thogadh an toiseach le Fearann Coimhairsnachd Alba a thaobh map a de 'choimhairsnachdan nach eil idir ann'.

Ann an co-bhonn le mapaichean a th' againn a chaidh a leasachadh le Nàdar Alba, dh'fhaodadh seo dealbh a thogail de dh' àiteachan a chaidh fluadach no fhalamhachadh rè nan ceudan bliadhna a dh'halbh, a dh'fhaodadh a bhith deiseil gu h-àrainneachdail agus gu sòisealta airson ath-thuineachadh san àm ri teachd.

Tha sinn ag iaraidh dhaoine is coimhairsnachdan fhaicinn a' soirbheachadh ann am measgachadh de dh'obraighean stèidhichte air nàdar agus gnothachasan a' fastadh eag-èolaichean, choilltearan, chroitearan, stalcairean, shaor, luchd-ealaín is luchd-iùil thursan, còmhla ri luchd-obrach dachaigh air am fastadh aig astar.

Dh'fheumadh eacnamaidhean stèidhichte air nàdar àiteachan-fuirich do dhaoine. Gus taic a chur ri ath-bhéòthachadh eacnamach fo stiùir nàdar tarсainn nan sgìrean as iomallaiche ann an Alba, bidh feum againn air leudachadh air taigheadas air a dhealbhadh gu faireachdainneil is aig pris reusanta agus bun-structar co-cheangailte, còmhla ri àiteachan-fuirich seusanail is luchd-turas air pris iosaл, buaidh iosaл, mar hutaichean, ceabainean, làraichean-campachaidh, seailidhean is bothagan.

**Tha sinn a' gairm dùblachadh air
Maoin Fearainn na h-Alba agus
meudachadh bliadhnaile às deòidh sin
gus cuideachadh le leudachadh air
meudachd sealbh coimhearsnachd.**



PHOTO: SKYE BY KEITH BRAME

**Gus taic a chur ri eadar-ghluasad ceart do
choimhearsnachdan ann agus mu
thimcheall àiteachan fiadhaich na h-Alba,
bu mhath le Urras Iain Muir gum faicte:**

- Dùblachadh air Maoin Fearainn na h-Alba airson ceannach coimhearsnachd, le meudachadh bliadhnaile a' leantainn ann an loihne ri atmhorachd luach fearainn.
- Iasadan fad-amail saor bho riadh gu bhith rim faotainn bho Riaghaltas na h-Alba do dh' uachdarainn coimhearsnachd san amharc.
- Àireamh sa cheud stèidhichte de theachd-a-steach Oighreachdan a' Chrùin (an-dràsta fo smachd Riaghaltas na h-Alba) bho mhàladh aigeil airson stuthan ath-nuadhachail far-thìreach, ri bhith air a riarrachadh gu Maoin Togail Beairteis Coimhearsnachd ùr.

- Modalan ùra airson sealbh fearainn coimhearsnachd rin rannsachadh le Coimisean Fearann na h-Alba.
- Solar ann am Bile ùr Ath-leasachadh Fearainn an riatanas làithreach a thaobh choimhearsnachdan a bhith a' páigheadh luach margaid fhosgailte, a thoirt às.
- Deuchainn ann an tìdh phoblach le eadar-ghluasad fearainn uile thar 1,000 heactair, stèidhichte air slatan-tomhais soilleir àrainneachdail is sòisealta.
- Ath-sgrùdadh air an t-siostam planaидh gus barrachd cumhachd a thoirt do choimhearsnachdan air co-dhùnaidhean a tha a' toirt buaidh air an àrainneachd ionadail.
- Cùrsaichean trèanaidh ann an stiùireadh fearann coimhearsnachd air a lìbhrigeadh le aitreasban is roinnean acadamaigeach buntainneach.

Solaraicheadh eaconamaidhean ùra stèidhichte air nàdar, taigheadas agus bun-structar air a dhealbhadh gu faireachdainneil aig pris reusanta, ri taobh hutaicean, ceabainean, làraichean-campachaidh, sealidhean is bothagan.

Eaconamaidh dhùthchail agus eadar-ghluasad ceart

Tha an sgaoileadh àireamh-sluaign as mì-chothromaiche san Roinn Eòrpa deas air a' Chearcall Artaigeach aig Alba. Tha còrr air 80 sa cheud den àireamh-sluaign a' còmhnaidh ann am bailtean beaga is mòra a tha a' déanamh suas direach a dhà sa cheud den raon fhearrainn iomlan. Aig ceann eile na sgèile, tha direach sia sa cheud den àireamh-sluaign iomlan a' còmhnaidh ann an 'Sgìrean Dùthchail Iomallach', a tha a' còmhachd 70 sa cheud de thomad-fearainn na dùthcha (*Rural Scotland Key Facts 2021*; Scottish Government).

Tha seo mar phàirt de thoradh cruinn-eòlasach. Tha Sgìrean Dùthchail Iomallach Alba a' gabhail a-steach sreathan bheanntan casa agus boglaichean mòra farsaing, far nach eil ach ùirean de luach glè bheag do dh' àiteachas ach agus far a bheil a' ghnàth-shide cruaidh.

Ach tha e cuideachd na thoradh air eachdraidh dhaonna. Gabhaidh fasalachd nan deichean de mhìltean de chilemeatairean ceàrnagach air Gàidhealtachd na h-Alba, mar eisimpleir, an leantainn air ais gu an t-àm às dèidh Cùil Lodair, briseadh siostam nan cinnidhean, an leth-oireachas air cànan is cultar na Gàidhlig agus na Fudaichean.

Tha builean daonna nan tachartasan sin air an clàradh gu farsaing an leabhraichean eachdraidh, film, theateran, ealain is litreachas. Nas lugha fios, tha an sgrios eag-eòlasach iomlan a thàinig às an eadar-ghluasad fòirneartach air falbh bho àiteachas de dhéinead iosal gu ionaltradh mòr air sgèile gnòiomhachasail, an toiseach le caoraich agus an uair sin le feidh.

Chan urrainn dhuinn a dhol air ais gu àm a dh'fhalbh, ach is urrainn dhuinn slàinte àrainneachdail, shòisealta, chultarach is dheimografach nam pàirtean as millte de thuath na h-Alba ath-bheòthachadh. Aig cridhe

na h-oidhirp sin, tha fearann. Tha iomadh prìomhachas a' farpais airson cleachdadh fearainn ann an Alba dhùthchail: àiteachas, coilltearachd coimearsalta, ath-leasachadh eag-eòlasach, cumhachd ath-nuadhachail, taigheadas agus ath-dhaoineachadh, turasachd agus cur-seachadan.

An-dràsta fhèin, tha gach roinn a' strì ri an dùilean fhèin a mheudachadh gu làn-ìre, a' leantainn uaireannan gu frionas no fiù còmhstrie. Gus buannachd phoblach bho ar fearann a làn-mheudachadh, feumaidh sinn an àite sin - aig ìre ionadail, roinneil agus nàiseanta - modh-obrach aonaichte a tha cuimsichte air buannachdan poblach do choimhairsnachdan ionadail agus don dùthaich.

Tuathanachas is croitearachd

Tha sinn a' cur failte air an àrd-amas a chuireadh a-mach le Riaghaltas na h-Alba a bhith nar stiùirliche cruinneil ann an àiteachas seamhach agus ath-nuadhachail (*Sustainable and Regenerative Farming*, March 2022).

Tha tuathanachas is croitearachd freumhaichte gu domhainn ann an cultar dùthchail, agus bidh iad nam pàirt amalaichte de mhosàig eadar-mheasgte de chleachdadh fearainn ann an Alba fada air adhart don àm ri teachd. Leanaidh toradh bidhe le bhith na phàirt dheatamach de ar n-eaconamaidh dhùthchail gus a dhèanamh cinnteach gun toir sinn prìomhachas do thoradh ionadail seach in-mhalairt.

A rèir Cunnatas Àiteachais na h-Alba 2018, tha mu 75 sa cheud de ar fearann iomlan air a dhèanamh suas de Sgìrean Fo-leasaichte gu h-àiteachail (LFAan). Tha na sgìrean sin gu mòr an eisimeil subsadaidhean poblach.

Gus cuideachadh le gluasad a dh'ionnsaigh àm teachdail seamhach gu h-àrainneachdail, bidh feum aig tuathanaich bheaga is croitearan air taic ionmhaisail leantainneach bho in-chur an riaghaltais is eòlaichean saidheans bho ionadan acadaimigeach



Mar thoradh air cùisean-èigin gnàth-shìde is bith-iomadachd, bu mhath leinn Sgeama Sgìrean Fo-leasaichte fhaicinn air ath-ùrachadh, gus leth-oireas càrboin agus leasachadh bith-iomadachd a ghabhail a-steach.

airson toradh càileachdail tuathanas-gàrraidh fhàs, agus stoc àrach a bhios air am biadhadh air feur, nach sgaoil na h-uimhir de ghas meatàn agus a bheir feabhas air talamh agus bàrr.

Mar thoradh air cùisean-èiginn gnàth-shìde agus bith-iomadachd, bu mhath leinn an Sgeama Sgìrean Fo-leasaichte fhaicinn air ath-ùrachadh gus leth-oireas càrboin agus leasachadh bith-iomadachd a ghabhail a-steach - gnòmhachdan nach robh a-riamh ann an sealladh dhaoine nuair a chaidh an sgeama a stèidheachadh.

Mar phrionnsapal choitcheann, tarsainn sgìrean dùthchайл na h-Alba air fad, bu chòir do shubsadaidhean poblach a bhith a' brosnachadh gluasad air falbh bho thuathanachas dian stèidhichte air innealradh trom, todhar ceimigeach agus puinnsean bhiastagan, a dh'ionnsaigh thuathanachas de luach àrd-nàdair no àiteachas eag-eòlach.

Dh'fhaodadh seo a bhith cothlamaichte le stèidheachadh air co-chomainn biadh tuathanais gus dàta, uidheam agus lònraidhean sgaoilidh a cho-roinn.

Bu toigh le Urras Iain Muir gum faicte:

- Taic ionmhasail bhon riaghaltas gu coimhairsnachdan tuathanachais ann an Sgìrean Fo-leasaichte, a' cuimseachadh gu làidir air libhrigeadh bhuannachdan poblach mu thimcheall càrboin agus bith-iomadachd.
- Eadar-theachd an riaghaltais gus cuideachadh le maoineachadh priobhaideach airson ath-leasachadh nàdair a stiùireadh a dh'ionnsaigh thuathanach òga, croitearan agus uachdarain coimhairsnachd.
- Co-dhiù cuid den teachd-a-steach bho Chìs Fearainn Sgaoilidhean Càrboin ga chleachdadh gus coimhairsnachdan, croitearan is tuathanach bheaga a chuideachadh gu eadar-ghluasad uaine a dhèanamh.

Turasachd

Is e loihne-teasaiginn eacnamaich a th' ann an turasachd do mhòran choimhairsnachdan dùthchail iomallach, a tha coltach a bhith a' fuireach mar phriomh dhòigh cosnaidh fada air adhart don àm ri teachd. Ach tha gnothaichean àicheil na lùib cuideachd: dùmhachd trafaig, sgudal, truilleadh agus cruthan eile de dh'irioslachadh àrainneachdail.

Tha duilgheadasan eile nach eil cho nochdte. Tha am fàs luath ann am prísean thaighean, mar eisimpleir, a' glasadh dhaoine òga a-mach às a' mhargaid taigheadais agus a' leudachadh neo-chothromachdan deamografaich.

An Iar-thuath 2045

Ann an 2020, chuidich Urras Iain Muir le pròiseact an Iar-Thuath 2045, a thug còmhla buidhnean coimhairsnachd is croitearachd, urrasan leasachaidh ionadail, carthannasan, gnothachasan agus buidhnean poblach, a' còmhachd 3000 cilemeatairean ceàrnagach falbh san iar-thuath.

Tha an iomairt coimhairsnachd seo, a chaidh a thogail bhon bhonn suas, air leòrsinn fharsaing a leasachadh airson ath-bheòthachadh eaconamach, sòisealta agus àrainneachdail air aon de na sgìrean as gainne de dhaoine ann an Alba, anns a bheil dìreach aon neach gach cilemeatair ceàrnagach nan còmhnaidh.

Tha àrd-amasan a dh'ionnsaigh 2045 a' gabhail a-steach:

- ath-dhaoineachadh
- bun-structar is seirbheisean nuadh-aimsireil
- foghlam àrd-chàileachd
- àrainneachd nàdarra shoirbheachail
- stuthan ath-nuadhachail coimhairsnachd gu buannachd ionadail
- deamocrasaidh ionadail ath-bheòthaichte
- ath-bheòthachadh air gnòmhachasan is obraichean traidiseanta
- buaidh coimhairsnachd nas mothà air cleachdadh fearainn
- beatha chultarach is shòisealta bheòthail ionadail

Tha sgìre a' phròiseict on uair sin air a meas mar aon de Chom-pàirteachasan Cleachdadh Fearainn Roinneil coig-pileat aig Riaghaltas na h-Alba.



**Faodaidh crodh air ionaltradh seasmhach
traidiseanta ùirean agus eag-shiostaman a
leasachadh, taobh a-staigh mosàig eadar-mheasgte
de chleachdadadh fearainn air talamh àrd na h-Alba.**

DEALBH-CRODH GÀIDHEALACH AIG SITH CHAILLEANN LE LIZ AUTY



Tha coimhairsnachdan iomlan fo chunnart a bhith air an atharrachadh gu bailtean falamh sa gheamhradh, leis an iarrtas airson àite-fuirich geàrr-amail shaor-làithean a tha a' sìor èirigh, a' sracadh bho chèile brigh na beatha cultaraich is sòisealta.

An uair sin tha an dùmhachd dhian de thurasachd a-steach do dh'aireamh bheag de dh'aiteachan sònraichte dealbh-thàlaidheach, fhad's a tha mòran thuineachaidhean eile a' strì ri bhith beò agus an luchd-còmhnaidh a' fas nas asta, rolaichean sgoile a' dol sios, agus goireasan deatamach ionadail leithid taighean-seinse, bùitheadan agus leabharlannan a' dùnadh.

Chan eil na 26 priomh chinn-uidhe air an liostadh air duilleag-dachaigh VisitScotland (a' gabhail a-steach Dùn Èideann, Gleanna Comhain, an t-Eilean Sgitheanach, Baile Chloichridh, an Aghaidh Mhòr, is eile) a' gabhail a-steach aon àite air tir-mòr tuath air a' Ghleann Mhòr.

Dh'fhaodadh modh-obrach eile a tha a' gluasad seachad air seallaidhean agus a' ceangal cruth-tire le cultar ionadail, dualchas, Gàidhlig, ealain, eag-eòlas

agus àiteachas eag-eòlach cuideachadh le eaonamaidh turasachd a chumadh a tha air a sgaoileadh nas fharsainge, nas seasmhaiche agus nach eil cho trang.

Le cuimseachadh air càileachd seach meud, agus turasachd shlaodach seach luath, chuidicheadh seo le dèanamh cinnteach gu bheil barrachd airgid a' fuireach sna coimhairsnachdan.

Tha coimhairsnachdan iomlan an cunnart a bhith air an atharrachadh gu bailtean a bhios falamh sa gheamhradh, leis an iarrtas a tha ag èirigh airson àite-fuirich geàrr-amail shaor-làithean air màl.

Cothroman croitearachd

Tha cùrr air 750,000 heactair – 7500 cilemeatair ceàrnagach – de dh'fhearann ann an Alba fo ghabhaltas croitearachd. Air sgàth an ionaltraidh de dhéinead ìosal a tha na phàirt de chultar croitearachd thraigheanta, tha mòran den fhearann sin le luach nàdair àird, no tha comas aige a bhith.

Gabhaidh mòran a bharrachd a dhèanamh a bhios na buannachd don dà chuid coimhairsnachdan croitearachd agus an àrainneachd nàdarra. Tha am Plana Leasachaidh Nàiseanta do Chroitearachd aig Riaghaltas na h-Alba, ag aithris gum faodadh fòcas làidir air solarachadh seirbheisean eag-shiostaim cothroman ûra fhosgladh a-mach do chroitearan gus sruthan teachd-a-steach deatamach a leasachadh.

Tha coimhairsnachdan croitearachd agus am buidheann riochdachaidh, Caidreachas Croitearachd na h-Alba, a' freagarrachadh mar-thà do shaoghal a tha ag atharrachadh agus a' planadh airson barrachd ghniomhachdan eadar-mheasgte, leithid ath-leasachadh fearann-mònach agus cruthachadh fearainn choilltich, aig a bheil comas air àm teachdail seasmhach is soirbheachail a ghleidheadh do ghinealaichean ri teachd.

Mar a dh'aithris Dòmhnull MacPhionghain, Cathraiche Caidreachas nan Croitearan: "Tha cuis-èiginn na gnàth-shide gu bhith a' toirt buaidh air gach nì a tha sinn a' dèanamh agus tha pàirt chudromach aig croitearan 's iad le clù glè làidir ann an deagh stiùireadh air an àrainneachd againn."

"Tha co-chuid chudromach de raointean de luach àrd-nàdair ann an Alba fo ghabhaltas croitearachd, mar eisimpleir am machair, aithnichte airson a bhith-iomadachd iongantach, agus fearann-mònach a tha mar an eag-shiostam as fheàrr airson leth-oireadh carbon. Tha croitearachd a' tòiseachadh bho shuidheachadh làidir, ach faodaidh sinn an-còmhnaidh tuilleadh a dhèanamh gus sgaoilidhean gas taigh-glanine a lùghdachadh."

Tha àite deatamach aig
tuathanaich is croitearan ann
an toradh bìdh ionadail agus
Alba a chuideachadh le bhith a'
coileanadh thargaidean gnàth-
shide is bith-iomadachd.



PHOTO: STRATHARD, SKYE BY JEN DERR

Bun-structar

Rè nan 1990an, dhòrt na ceudan de mhilleanan notaichean a-steach do dh'eaconamaidh Gàidhealtachd na h-Alba bho Mhaoinean Togail an Aonaidh Èòrpach.

Bha e a' cur taic ri bun-structar fiossaigeach leithid ath-ùrachadh air rathaidean agus togail dhrochaidean, agus a' maoineachadh an leasachaidh air Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean, a thug buaidh chruith-atharrachail. Thòisich an sruth maoineachaidh sin a' fas lag an dèidh don Ghàidhealtachd 's na h-Eileanan inbhe 'Ceann-uidhe l' a chall aig toiseach na mìle-bliadhna.

On uair sin, tha companaidhean bhon taobh a-muigh - ann an ola, togail, stuthan ath-nuadhachail, conaltraidhean, reic air-loidhne - air na billeanan a thoirt às ann am prothaid bhon Ghàidhealtachd le glè bheag de dh'ibhisteadh direach ann am bun-structar na roinne.

Bu chòir do lèirsinn nas fhad-amail don eaconamaidh dhùthchail beachdachadh air mar a ghabhas cuid den phrothaid phriòbhaideach sin a thasgadh ann am bun-structar poblach, a' gabhail a-steach còmhdaidh phoblach, taigheadas, ceangal bann-leathainn, còmhdaidh dhachaighean agus àrainnean foghlaim. Tha sinn a' cur taic cuideachd ris a' bheachd a thaobh ionadan dhùthchail '20-mionaid' a tha a' tarraing còmhla buidhnean de ghoireasan gnothachais, reic is ceannach, meidigeach, cultarach agus sòisealta, a tha air an ruighinn gu furasta leis a' mhòr-chuid de dhaoine air chois, rothair no còmhdaidh phoblach.

Brosnachadh ath-nuadhachadh dùthchail

- Lionra dùmhail de 'ionadan 20-mionaid' gus milteachd charaichean a ghearradh agus co-thàthadh sòisealta a neartachadh.
- Bann-leathan àrd-astair anns gach togalach còmhla ri lionraidhean fòn air an deagh eadar-cheangal do cheanglaichean 4G no 5G.
- Tuilleadh leudachaidh air àrainnean Oilthigh na Gàidhealtachd 's nan Eilean (UHI) gu sgìrean dùthchail nas iomallach a shòrnraicheas stiùireadh fearainn, àiteachas seasmhach, bith-iomadachd agus fuasglaidhean gnàth-shide nàdarra.
- Còmhdaidh air gach dachaigh gu irean nan sgìrean Lochlannach gus bochdainn connaidh a lùghdachadh.
- Leudachadh mòr air taigheadas aig prìs reusanta cuimsichte air teaghlachean òga, ionadail agus air tighinn a-steach.

Traigheadas

Le cuibheas de cheithir luchd-còmhnaidh gach cilemeatair ceàrnagach - ann an coimeas ri còrr air 3,500 neach ann an Glaschu, mar eisimpleir - is e frith-bharail searbh a th' ann gu bheil mòran de dhùthchaidh iomallach na h-Alba an-còmhnaidh a' fulang gainneadh taigheadais.

Anн an àiteachan a tha measail le luchd-tadhail, chaidh a' chùis-èiginn a dhéanamh na bu mhiosa sna bliadhnaichean a dh'fhalbh le prísean thaighean ag èirigh, air sàilleabhan iarraithe air dàrnan dachaighean agus ibhisteadh ann an àite-fuirich shaor-làithean airson gabhail geàrr-amail.

Tha gnothachasan, sgoiltean, ospadalan agus seirbhisean cùraim ann an cuid de dh'aiteachan, a-nis ag aithris gainneadh doirbh luchd-obrach oir tha daoine òga air teachd-a-steach iosal a' call a-mach air taigheadas.

Tha an gainneadh taigheadais dhùthchail a' bagairt chinn-uidhe èiginneach eile mar ath-leasachadh fearann-mòr-sgèile agus ath-bheòthachadh eag-eòlach. Às aonais daoine, chan urrainn dhuinn ar n-àrd-amasan a chur an gnìomh. Agus às aonais taigheadais aig prìs reusanta, chan urrainn dhuinn daoine a tharraing gu ar n-àiteachan fiadhaich.

Tha dàrnan dachaighean agus gabhailean shaor-làithean nam pàirt de dh'eaconamaidh mòran sgìrean dùthchail. Ach dh'fhaodadh margaid taigheadais gun chasg duilgheadas mòr deamograifach a stòradh suas a spònias an cridhe a-mach à mòran choimhearsnachdan. Feumaidh luchd-poilitigs ionadail is nàiseanta beachdachadh gu càramach ach gun a bhith èiginneach, air mar a ghabhas an duilgheadas seo fhuasgladh.

Lasachadh na cùis-èiginn

Dh'fhaodadh roghainnean a bhith a' gabhail a-steach:

- Meudachadh ann am maoineachadh gu Maoin Taigheadais Dùthchail is nan Eilean.
- Banca Fearainn Nàiseanta ri co-obrachadh le uachdarain, comainn taigheadais, comhairlean ionadail agus coimhearsnachdan, gus fearann fhaotainn a tha freagarrach airson taigheadas còmhnaidh maireannach agus aig prìs reusanta, a' gabhail a-steach ann an sgìrean dùthchail iomallach.
- Cuibhreachadh uachdarach air a' cho-chuid de dhàrна dachaighean agus gabhailean geàrr-amail anns gach sgìre còmhnaidheach.

Cumhachd ath-nuadhachail agus eadar-ghluasad ceart

Tha Alba aithnichte a-nis mar stiùiriche cruinneil ann an gintinn dealan ath-nuadhachail. Fad còrr air linn, le taic bho chumadh-tìre agus gnàth-shìde, tha sinn air forsaichean nàdarair a tharraing còmhla gus cumhachd glan a libhrigeadh, an toiseach bho chumhachd uisge agus anns na bliadhnaichean mu dheireadh, bho gaoth.

Tha Urras Iain Muir a' toirt làn-taic do thargайдean gnàth-shìde misneachail is làidir Riaghaltas na h-Alba, agus tha sinn a' tuigsinn gum bi feum aig Neoini Càrbon ro 2045 leudachadh air ar roinn ath-nuadhachail ri taobh lùghdachadh air ar cleachdadh air cumhachd, agus ath-stèidheachadh air ar fearann-mònach irioslaichte agus fearann-coillteach lùghdaichte.

Bidh adhartas air di-chàrbonachadh an sàs ann an co-dhùnaidhean toinntे gus feumalachdan poblach a chothromachadh mu choinneimh prothaid phriòbhaidich. Ciamar as urrainn dhuiinn gintinn cumhachd a dhi-chàrbonachadh agus ar so-mhaoin nàdarra a dhòn aig an aon àm? Agus ciamar a nì sinn cinnteach gus bheil buannachdan eaconamach stuthan ath-nuadhachail air an sgaoileadh nas cothromaithe san àm ri teachd na tha iad air a bhith san àm a dh'fhalbh?

Sna 20 bliadhna a dh'fhalbh, tha Urras Iain Muir air gearan mu bheagan de na míltean de thagraidhean a thaobh stuthan ath-nuadhachail. Tha ar gearanan air cuimseachadh air pròiseactan gaoithe mòr-sgèile air tìr ann an àiteachan fiadhaich cugallach. Gus ar n-adhbhar carthannach a choileanadh a thaobh gleidheadh agus dion àiteachan fiadhaich, le am beathaichean, plantrais agus ùirean tùsanach gu buannachd ghinealaichean làithreach agus ri teachd, tha sinn a' leantainn a' sgrùdadh agus a' measadh thagraidhean fa leth agus com-pàirteachadh anns an deasbad fharsaing phoblach mu thimcheall ro-innleachd cumhachd agus cleachdadh fearainn.

San Dàmhair 2021, mhìnich Riaghaltas na h-Alba amas - le ùmhachadh do cho-chomhairleachadh poblach -

8-12 GW a bharrachd de gaoth air-tìr gus cuideachadh le targaidean gnàth-shìde a choileanadh. Bhiodh seo a' riochdachadh meudachadh de eadar 93 agus 140 sa cheud thar an comas làithreach.

Chan eil Urras Iain Muir ann am prionnsapal an aghaidh gaoth air-tìr a leudachadh. Ach tha sinn a' creidsinn gu bheil feum ath-bheachdachadh air na hamasan sin a thaobh luathachadh comasachd airson stuthan ath-nuadhachail far-tìre, mar a chaidh a thaisbeanadh ann am buil rùp ceadachd ScotWind a chaidh ainmeachadh san Fhaoilleach 2022.

Air thoiseach air a' phròiseas, bhathar a' suileachadh gu farsaing gun comharraicheadh an rùp an lùib chòraichean màlaidh air grunnnd na fairge, comasachd de 10GW; an àite sin, tha na tagraichean buannachaidh a' dùileachadh gun ruig e còrr air 24 GW, no faisg air trì tursan an comas ionlan gaoithe air-tìr ann an Alba - a chaidh a leasachadh còrr air 20 bliadhna air ais ann an suidheachaidhean a bha am annan connspaideach. Le tuilleadh comasachd far-tìre, tha e coltach gun urrainn dhuinn a bhith nas roghainnich mu ciamar agus càite an leasaich sinn comasachd gaoithe a bharrachd air-tìr.

Tha sinn a' creidsinn gum bu chòri poileasaidh cumhachd san àm ri teachd do dh'Alba, trì cinn-uidhe a phriòmhachadh: di-chàrbonachadh; dìon àrainneachdail; agus buaidh - àicheil agus deimhinneach - air coimhairsnachdan ionadail.



Bidh Cothromachadh Càrboin ro 2045 ag iarrайдh leudachadh air ar roinn ath-nuadhachail còmhla ri lùghdachadh air cleachdadh cumhachd, agus ath-stèidheachadh air ar fearann-mònach irioslaichte is fearann-coillteach nàdarra lùghdaichte.

Lùghdachadh cumhachd

Tha tasgadh ionmhasail dìreach aig companaidhean gintinn dealain ann an caitheamh àrdachadh gu làn-ire. Tha sin a' fàgail às taobh eile an duilleag-chothromachaидh càrboin: lùghdachadh cumhachd.

Tha tanca-smaoineachaidh spèiseil an New Economics Foundation air obrachadh a-mach gun lùghdaicheadh iar-fhiotaigeadh làn-taigh air aon de thrì dachaighean air feadh na RA, iarrtas cumhachd bliadhnaidh co-ionann ri 19.23 millean tonna de chàrbon dà-ogsaid. Tha sin co-ionann ri leth de chomasachd gaoithe air-tir iomlan na RA.

Chruithaiceadh e cuideachd suas ri 4,000 obraichean ùra ann an togail, ath-ùrachadh agus cumail-suas. Thogadh e na ceudan de mhiltean de theaghlaichean a-mach à bochdайн connaidh agus lùghdaicheadh e cuideaman geomhraidh gu mòr air an NHS.

Gus eadar-ghluasad ceart a choileanadh san roinn cumhachd, feumaidh sinn smaoineachadh seachad air fuasglaidhean a thaobh solair, aig a bheil buannachdan eaonamach a shruthas gu luchd-earrannan.

Crainn-gaoithe is craobhan

A réir na h-aithisg as ùire aig Institiùd Fraser of Allander mu Stuthan Ath-nuadhachail Alba, tha roinn gaoithe air-tir na h-Alba a' cur taic ri iomlan de 1900 obraichean co-ionann ri làn-thide (*An Aithisg Eaconamach mu Roinn Stuthan Ath-nuadhachail na h-Alba*, Ògmhios 2021).

Ged nach eil mìneachadh cruinn-eòlasach againn, faodaidh sinn gabhail ris gu bheil mòran de na h-obraichean sin far-làraich, a' gabhail a-steach prìomh-ofisean chompanaidhean mòra cumhachd leithid SSE ann am Peairt agus Scottish Power ann an Glaschu. Le feasachadh gaoithe air-tir a' còmhdaichadh corr air 1600 cilemeatair ceàrnagach de raon-fearainn na h-Alba (stèidhichte air fígearan bho Chomataidh Atharrachadh Gnàth-shide), tha seo co-ionann ri dìreach beagan is aon obair thar gach aon cilemeatair.

Mar dhòigh air coimeas a dhèanamh, tha rannsachadh ùr le trì carthannasan àrainneachdail a' taisbeanadh gun toireadh cruthachadh bliadhnaidh agus ath-leasachadh air fearann-coillteach dùthchasach taic do dh'eadar ceithir is sia obraichean co-ionnan ri làn-thide gach cilemeatair ceàrnagach, leis a' mhòr-chuid dhiubh air-làrach - a' gabhail a-steach cuid de na sgìrean as lugh a sluaigh ann an Alba (*A Nature Recovery Plan*; RSPB Scotland; Scottish Wildlife Trust; WWF; 2020).

Chan eil sin ri ràdh nach urrainn dhuinn na dhà a dhèanamh. Ach ann an leasachadh gaoithe air-tir, tha e deatamach gun seachain sinn 'dùnnadh' èifeachdach air farsaingeachdan mòra de dh'fhearrann aig a bheil comas air strì gu maireannach an aghaidh atharrachadh gnàth-shide, bith-iomadachd a shaidhbhreachadh agus cosnadh a chuideachadh ann an sgìrean dùthchail.

Leudachadh às aonais sgrios

Tha Urras Iain Muir a' creidsinn gum faodadh leudachadh air gaoth air-tir gus taic a chur ris a' phriomh àite aig gaoth far-thìreach ann an coileanadh iarrtasan dealain teachdail, a bhith dèante le measgachadh ciallach de na leanas (uile umhail do shuidheachaidhean planaidh àbhainsteach, a' gabhail a-steach mheasaidhean buadhMHOR àrainneachdail agus cruth-tìre):

- Pròiseactan gaoithe air-tir aontaichte ach gun an togail fhathast, a tha còmhla a' dèanamh suas 5 GW de chomas-lionaidh a bharrachd.
- Tuathanasan gaoithe ath-chumhachdaichte a tha ag ionadachadh seann chrainn-gaoithe nach eil cho èifeachdach, a dh'fhaodadh, a réir NatureScot, suas ri 9 GW de chomas-lionaidh a bharrachd a dhèanamh.
- Aonta do na pròiseactan sin a tha sa phlanadh, a tha ann an àiteachan freagarrach, a' seachnadh eag-shiostaman aig a bheil comas air càrbon a leth-oireadh, leithid fearann-mònach agus fearann fiadhaich le comas-lionaidh de 2-3 GW san amharc.
- Meudachadh ann an comas-lionaidh ath-nuadhachail gu h-ionadail agus ann an sealbh na coimhleasachd, bho 853 MW gu co-dhiù 3 GW ro 2030.

Mholamaid cuideachd gum bu chòir a bhith ro-bheachdail an aghaidh thuathanasan gaoithe mòr-sgèile air laraichean eag-eòlach, cultarach agus de chudromachd eachdraidheil, a' gabhail a-steach Sgìrean Fearainn Fiadhaich; fearann-mònach agus ùirean eile a tha saidhbhir ann an càrbon; Tèarmannan Nàdair Nàiseanta; Làraichean de ShuiMòr; Sònraichte Saidheansail; Làraichean Dualchais Cruinneil; agus blàir-cogaidh eachdraidheil.

Bu mhath leinn cuideachd atharrachadh fhaicinn anns an t-siostam planaidh gus am bi e riatanach gum bi tagraighean cumhachd uile os ciorn comas-lionaidh de 50 MW, a' gabhail a-steach tuairmse ro-inneil fad-beatha air sgaoilidhean is lùghdachaidhean air gas taigh-glainne.



Cothromachd cumhachd?

Sa Mhàrt 2022, dh'aithris sgioba naidheachdais *The Ferretgu* bheil coimhairsnachdan ann an Alba a' faotainn dìreach 0.6 sa cheud de luach an dealain a tha ga thoirt gu buil air an stairsnich aca.

Tha sinn airson briseadh fhaicinn ann am pàtrán nan 20 bliadhna mu dheireadh, sa bheil companaidhean mòra cumhachd agus uachdarain phrìobhaideach air na billeanan de notaichean de phrothaid fhaotainn bho fhearrann na h-Alba, stèidhichte air modal a chuinseachas air tuathanasan-gaoithe ioma-chrann mòr-sgèile air an sgoileadh thar raoitean fior mhòr, a' cumail a-mach chothroman ionmhasail do choimhairsnachdan dùthchail.

A-rèir aithisg san Ògmhios 2021 leis a' bhuidheann co-chomhairleachaidh Aquatera stèidhichte ann an Arcaibh, do dh'Urras an Rubha is Shanndabhaig, tha crainn-ghaoithe ann an sealbh na coimhairsnachd a' toradh 34 uimhir de bhuannachd eacnamaich do dhaoine ionadail seach na maoinean coimhairsnachd air an riachadh le leasaichearan gaoithe air-tir coimearsalta fo stiùridhean 'Deagh Chleachdad'. A dh'aindeoin sin, tha comasachd stuthan ath-nuadhachail iomlan coimhairsnachd, a' gabhail a-steach cumhachd uisge is grèine, a' tighinn gu dìreach **aon sa cheud** de chomas gaoithe iomlan air-tì.

Is e am priomh chnap-starra do leudachadh air stuthan ath-nuadhachail, riaghailtean na RA a tha a' cur casg air solaraichean ionadail bho bhith a' reic direach ri daoine ionadail. An àite sin, tha aca ri a reic air adhart gu aon de na companaidhean-ghoireasan mòra, a tha an uair sin ga reic ri an luchd-ceannach. Tha seo ag adhbhrachadh chosgaisean fior àrd agus a' dèanamh na mòr-chuid de sgeamaichean cumhachd ionadail neo-obrachail.

Mholadh Urras Iain Muir do gach BP ann an Westminster – agus Riaghaltas na h-Alba – taic a chur ri Bile Dealain Ionadail na RA gus am bacadh seo air cumhachd coimhairsnachd, a thoirt air falbh.



Bu chòir do leasachaidhean gaoithe air-tir
fearann-mònach agus eag-shiostaman
eile aig a bheil comas air càarbon a leth-
oireadh gu maireannach a sheachnadh.

Mòine, ceò agus sgàthanan

Dhaibhsan a tha a' faicinn talamh-àrd falamh na h-Alba mar chead air airgead a dhèanamh, tha mòine a' tighinn gu bhith na mi-ghoiresas mòr. Chan eil fad sam bith bho bhathar a' faicinn fearann-mònach farsaing saidhbhir na h-Alba mar fhàsaichean lom nach robh freagarrach ach do chaoraich, feidh, cearc-fhraoch agus crainn-ghaoithe. Ach sna bliadhnaichean mu dheireadh, tha an luach air èirigh gu grad.

Tha fearann-mònach a-nis ga fhaicinn mar aon de na caraidean as cumhachdaiche san t-saoghal anns an t-stòri gus briseadh-sios na gnàth-shìde a stad. A-rèir Institiùd nan Saidheasan Bith-eòlasach aig Oiltigh Obar Dheathain, faodaidh heactair àbhaisteach de dh'fhearann-mònach 5,000 tonna de càarbon a stòradh – deich uimhir heactair àbhaisteach de choille.

Tha a' mhòr-chuid de dh'fhearann-mònach na h-Alba air irioslachadh, a' ciallachadh gu bheil e a' sgaoileadh càarbon seach a thoirt às an àile. Ach tha cumhachd ath-shlànanachaidh iongantach aige agus faodaidh e a bhith air ath-leasachadh gu làn shláinte tro 'ath-fhluchadh' – stopadh dhrèanaichean agus ath-ghintiùn plannatais dhionach.

A dh'aindeoin an eòlais seo, tha luchd-leasachaидh a' leantainn orra a' cuimseachadh air làraichean far a bheil fearann-mònach agus ùirean saidhbhir càrboin ceannasach. Ann an iar-thuath an Eilein Sgitheanaich, mar eisimpleir, tha leasaichear air tuathanas gaoithe de 60 crann a mhòladh air làrach de 'Fearann-mònach Ìre 1' – minichte le Nàdar Alba mar làrach "ùirean saidhbhir càrboin de chudromachd nàiseanta, àrainn de mhòine dhomhain agus fearann-mònach de phrìomhachas". Bidh am bun-structar co-cheangailte – bunacharan concrait, tracan charbadan, crainn-dealain, càbalan, loidhnichean aiseig, fo-stèisean cumhachd – ag adhbhurachadh damais mhòr air talamh agus a' sgaoileadh air càarbon.

Mar thoradh air saidheans gnàth-shìde agus ùirean, tha cùis chudromach ann airson Frèam-obrach Planaidh Nàiseanta ùr na h-Alba ro-bheachdachadh an aghaidh leasachadh mòr-sgèile anns a bheil prìomh ùpraid air fearann-mònach agus ùirean saidhbhir eile, a tha a' leudachadh tarsainn na mòr-chuid de Raon Fearann Fiadhaich na h-Alba.

Gaoth, fearann agus muir

Tha raon mara na h-Alba faisg air seachd tursan nas motha na a thomad-fearainn agus tha comasachd bharraichte aige gu bhith mar thaigh-cumhachd stuthan ath-nuadhachail na Roinn Eòrpa.

Tha gintinn cumhachd uile a' tighinn aig cosgais don àrainneachd nàdarra. Is e meidh a tha sin a dh'fheumar cothromachadh. Bu chòir do lùghdachadh damais chun na h-ìre as ìle a bhith na phrìomhachas, air tìr agus aig muir.

Ged a tha Urras Iain Muir a' cuimseachadh air fearann, bha sinn air ar toileachadh leis an fhios gum bi 10 de na 17 pròiseactan air an taghadh do sgeama liosaидh ScotWind, a' gabhail a-steach turbainean air fleod a bhios air an acrachadh ris an aigeal. Faodaidh iad sin a bhith suidhichte ann an uisge domhainn fada air falbh bho choloinidhean neadachadh eun-mara agus raointeal seilge eu-domhainn, le nas lugháunn cunnairt don àrainneachd. Tha rannsachadh ag innse gum faod an teicneòlas seo, le ceumannan làidir lasachaidh nan àite, a bhith a' togail cunnart iosal don àrainneachd.

Faodaidh gaoth far-thireach buannachdan poblach nas motha a sholarachadh:

- Teachd-a-steach liosaïdh – £700 millean ann an cùis ScotWind – agus mài theachdail nuair a bhios an sruthadh obrachail a' dol gu Riaghaltas na h-Alba seach gu uachdarain phriobhaideach, mar a tha na chùis leis a' mhòr-chuid de ghaoth air-tir.
- Tha e a' cur taic ri naoi gu leth tursan a bharrachd de dh'obraichean dìreach na gaoth air-tir (faic Buaidh Eaconamach Roinn Cumhachd Ath-nuadhachail na h-Alba, Institiùd Fraser of Allander, 2020).
- Mar shealbhadair an aigeil, tha barrachd smachd aig Riaghaltas na h-Alba thairis air an t-sèine solair, a tha mar sin a' fosgladh a-mach comasachd air na miltean de dh'obraichean saothrachaidh àrd-sgileil ionadail air deagh phàigheadh.

Ruigsinneachd, cur-seachad agus eadar-ghluasad ceart

Tha cruthan-tìre na h-Alba ainmeil air feadh na cruinne. Tha luchd-coiseachd nan cnoc's nam beann, iasgairean, dealbhadairean camara, criuthaichean film, luchd-ealain, bàird, luchd-ciùil agus càch a' tighinn bho air feadh an t-saoghal air fad gus rannsachadh agus tlachd a ghabhail às ar measgachadh de bheanntan, gleanntan, coilltean, lochan, geòdhaichean, creagan agus eileanan.

Tha gniomhachd daonna thar linnteann air a' mhòr-chuid de ar fearann dùthchail fhàgail le damaist eag-eòlasach, ach tha e cuideachd air dìleab iongantach eachdraidheil is cultarach fhàgail. Tha cuid de ar raointean as fhiadhaische air am breacadh le tobhthaichean àrsaidheil de dh'airighean, saibhlean, bothagan, taighean agus caistealan, agus air an trasnadh le frith-rathaidean dhròbhairean agus rathaidean an arm.

Ged a tha an àireamh-sluagh nàdarra falamhaichte a-nis, tha an cànán a' mairsinn anns na h-ainmean Gàidhlig tuairisgeulach a tha a' dùsgadh dualchas na feedhna a bha aig aon àm nam pàirt aonaichte den chruth-tìre as iomallaiche seo.

A dh'aindeoin fuadach agus di-dhaoineachadh, tha àiteachan iomallach na h-Alba fhathast nan àiteachan far a bheil daoine a' còmhnaidh agus ag obair, agus a' cumail suas an cultair agus an eachdraidh. Tha bith-beò mòran dhaoine ann an Alba an eisimeil turasachd – agus gu h-àraid cur-seachadan a-muigh, air an goireasachadh le cuid de na còraichean ruigsinneachd as fheàrr air an t-saoghal, air an gleidheadh ann an reachdas 'Right to Roam' mar phàirt den Achd Ath-leasachaidd Fearann 2003.

Leigheas nàdarra

Thar na 20 bliadhna mu dheireadh, tha rannsachadh a tha a' sìor fhàs air sealtaimh gun tig mòran buannachdan slàinte-inntinn is slàinte-bhodhaig le a bhith a' cur seachad ùine ann an nàdar. Tha raon de sgrùdaidhean eadar-nàiseanta ag ràdh gum faod e iomagain a chiùineachadh, cuideam fala isleachadh, an siostam ion-dhòn a neartachadh,

irean cortasaol a lùghdachadh, sunnd fheabhasachadh, fein-spèis a thogail, ionnsaigheachd a chasg, agus fiù an t-astar slànachaidh a għreasad.

Għeibheadh inbheisteadh poblach ann an toirt dhaoine agus nàdar nas dlùithe do chèile buannachdan sōisealta, slàinte agus eaonamach fad-ruighinneach fada a-steach don àm ri teachd. A thuilleadh air slàinte na h-àireimh-sluagh san fharsaingeachd a thogail, dh'fhaodadh e cuideachd a chleachdad mar inneal poileasaidh cuimsichte gus cuideachadh le dèiligeadh ri ro-dhēidhealachd air drogaichean is alcol, agus an àireamh-sluagh sna priosanan a lùghdachadh.

Cànan a' chruth-tìre

De na 72 mapachean Landranger de dh'Alba aig Suirbhidh Òrdanais (sgèile 1:50 000), tha saidhbheas mòr de dh'fhiorsachadh tuairisgeulach ann an 46 dhiubh.

Tha dàimh anabarrach dlùth aig a' chànan le nàdar air sgàth a fhreumhaichean agus mean-fhàs ann an co-chomann Ceilteach ro-fhiùdalach far an robh saoghal nàdar air a làimhseachadh le urram.

Tha Urras Iain Muir a' cur làn-taic ri dion agus neartachadh a' chànan ann an sgirean far a bheil Gàidhlig aig cridhe na coimhearsnachd, agus ris an obair le raon de bhuidhnean gus uidh sa chànan adhartachadh taobh a-muigh na Gàidhealtachd thraigseanta.

Tha Urras Iain Muir a' rannsachadh comasachd air obair le buidhnean eòlach gus tuigse a dhoimhneachadh gu h-ionadail agus nàiseanta, mun eachdraidh, dualchas agus àrainnean nan àiteachan fiadhaich againn, tro mheadhan na Gàidhlig.



Thar na 20 bliadhna mu dheireadh, tha rannsachaidh air lorg gun tig iomadh buannachd slàinte inntinn is corporra an cois cur seachad tide ann an nàdar.

Fad 100 bliadhna, tha na hutaichean fiodha agus ceabainean far-chliath aig Càrn Beithe, dìreach deich mìle tuath air meadhan baile Għlaschu, air tèarmann de shàmhchair a sholarachadh do mhuijnnti bhruachan Chluaidh.



Sgoiltean 's am blàr a-muigh

Tha Alba air ceumannan mòra a ghabhal air adhart sna bliadhnaichean mu dheireadh ann am foghlam nàdar.

Tha Duais Iain Muir, mar eisimpleir, a-nis ga libhrieadh ann an suas ri leth nan àrd-sgòiltean ann an Alba, agus mòran bhun-sgoiltean is sgoiltean sònraichte, mar phàirt den Churraicealam airson Sàr-mhathais.

On a tha e an-asgaidh aig ère libhrigidh, neofharpaiseach agus in-ghabbalach, tha an Duais comasach air ruighinn a-steach do chuid de na coimhearsnachdan as bochda ann an Alba, an dà chuid taobh a-staigh sgoiltean agus a-muigh am measg na h-àireimh-sluaign fharsaing.

An ann com-pàirteachas leis a' chomhairle ionadail, tha oifigear ainmichte Duais Iain Muir ann an Siòrrachd Air an Ear air cuideachadh le misneachd a thogail, slàinte corporra is inntinn a leasachadh, reataichean frithhealaidh a mheudachadh agus litearachd is àireamhachd a sàidhbhreachadh ann an cuid de na sgìreansgoile as bochda san roinn.

Dh'fhaodadh na deichean de mhìltean a bharrachd de dhaoine òga air feadh Alba, buannachd fhaotainn bhon mhodh-obrach aonaichte seo ann am foghlam nàdar, gu h-àraig ann an coimhearsnachdan dùthchail agus bailteil a tha a' sgòradh àrd ann an Indeacs Ioma-Easbhaidh na h-Alba.

Chuireadh Urras Iain Muir fàilte air a' chothrom obrachadh le ùghdarrasan foghlair eile air feadh na h-Alba, gus cuideachadh le daoine òga à dualchasan iomallaichte a chur an aithne do nàdar agus àiteachan fiadhaich.

Ruigsinneachd do na h-uile?

Cha bhi a h-uile neach a' dol an sàs ann an nàdar san aon dòigh. Tha pàircean agus àiteachan uaine nàdar ionadail deatamach, gu h-àraig dhaibhsan a tha a' còmhnaidh ann an sgìrean bailteil agus iomall-bhailteach. Ach tha cruthan-tire mòra fo-rannsaichte ann an Alba as urrainn eòlas nas brosnachail air nàdar a thoirt. Ach, a dh'aindeoin ar laghan ruigsinneachd adhartach, tha ar cruthan-tire fiadhaich beinne neo-ruigsinneach do phàirt mhòr de ar n-àireamh-sluagh.

'S ma dh'fhaodte gu bheil beanntan iongantach na h-Alba feilleil air feadh an t-saoghail, ach chan eil ach beag-chuid den àireamh-sluagh a' meantraigeadh a-mach do na cruthan-tire sin. Dhaibhsan a tha a' còmhnaidh nar coimhearsnachdan as bochda, do mhion-shluagh cinnidheach, do mhòran bhoireannach, do dhaoine le ciorraman, tha ar n-àiteachan as fiadhaiche a' fuireach cho diomhair ri taobh thall na gealaich.

Tha bacaidhean air ruigsinneachd a' gabhail a-steach bochdainn, sealbh ìosal air càraichean, còmhdhail phoblach thearc agus chosgail, àite-fuirich a tha ro dhaor, uidheam a tha ro chosgail, dìth shlighean-coiseachd ruigsinneach agus faireachdainn san fharsaingeachd gu bheil 'Am Blàr A-muigh' air a ghlièidheadh dhaibhsan bho dhuallachas nas sochairichte.

Rè an isleachaidh eaconamaich sna 1930an, thàinig traídisean gu bith ann an àiteachan bailteil Bhruachan Chluaidh, Obar Dheathain agus Dùn Dè de shireadh dàn-turas chun nan cnoc gus teicheadh bho shalachar shràidean a' bhaile mhòir. Tha an leabhar sreap bheanntan clasaigeach bho 1939 *Only a Little Further* le Alastair Borthwick, a' sealltannan an t-saoghail ùr seo, nuair a thòisich dual-chainnteas suathaid Għlaschu is Dùn Dè air dùsgadh mac-talla bho bheanntan a b' abhaist a bhith a-mhàin do dhaoine shocairichte.

Air ais ann an làithean Alastair Borthwick, agus sna deicheadan a lean, bha Alba dhùthchail air a frithhealadh le

Dh'fhaodadh còmhdhail phoblach nas fheàrr agus nas saoire cuideachadh le dùmhachadh trafaig dùthchail a lasachadh, agus ar n-àiteachan fiadhaich fhàgail nas ruigisinnich do dhaoine air teachd-a-steach ìosal.



PHOTO: GLENCOE BY GRAEME NICOLL

lionra dùmhail de sheirbheisean bus saor agus loidhnichean rèile ionadail. Ann an 1930an, bha e comasach siubhal air trama bho Għlaschu gu Muileann-Għaidh (an t-slighe a-steach gu Slighe na Gàidhealtachd an Iar) airson 25 sgillinn de dh'airgead an latha an-diugh - 15 tursan nas saoire na am faradh rèile co-ionann an-diugh.

Fiu's an-diugh, tha mòran ann am bailtean Għlaschu nach bi a' dràibheadh. Ann an Glaschu, chan eil cothrom aig suas ri leth nan dachaighean air càr. Tha na figearan sin mòran nas àirde anns na pàirtean den bhaile as bochda gu sòisealta, agus tha an t-aon phàtran air nochdadh ann an àiteachan eile de dh'Alba.

A rèin surbhidh ann an 2008 le Spòrs Alba, cha robh acha sa cheud de dh'fhir agus trì sa cheud de mhñàthan a' com-pàirteachadh gu cumbhalach (mìnichte mar aon uair gach ceithir seachdainean) ann an coiseachd-beinne no sreap. Ged nach eil briseadh-sios deamografaich a bharrachd againn, tha e glè choltach gu bheil na figearan sin mòran nas isle fhathast sna coimhlearsnachdan sin a sgòras àrd ann an Indeacs Ioma-Bhochdainn na h-Alba (SIMD), agus am measg bhuidhnean uile de mhion-shluagh cinnidheach.

Coileanadh slighe ùr

Chan eil ruigisneachd phoblach mu dheidhinn chòraichean lagħail a-mhāin. Tha e cuideachd mu dheidhinn bun-structar. A-rèir NatureScot, tha 7,000 còraichean-slighe aig Alba – a' mhòr-chuid nan slighean àrsaídha air an cleachadh thar linnteán airson malairt, dròbhaireachd, cùlttearachd, stalcadh, taisteal creidmheach agus gniomhachd armaitreach. San latha an-diugh, tha iad sin air an leasachadh le slighean beinne atharraichte agus togte, air an cleachadh sa mhòr-chuid le luchd-coiseachd chnuic agus sreapadairean beinne.

Tha an lionra dùmhail ach mireanach seo de shlighean a shniomhas tro gach pàirt de thuath na h-Alba na stòras luachmhor nàiseanta. Tha cuid dheth anabarrach feìllmhor – leithid Slighe na Gàidhealtachd an Iar a tha a' tarraing tuairmse de 120,000 neach-coiseachd gach bliadhna. Tha mòran dheth air a leigeil seachad agus fo-ùisnichte ge tà.

Dh'fhaodadh inbheisteadh poblach ann an ath-ùrachadh, cumail suas agus ceangal chòraichean slighe, le soidhneachd agus eadar-mhineachadh mar a bhios iomchaidh cuideachadh le barrachd dhaoine a thoirt an sàs ann an gniomhachd chorporra air a' bhliàr a-muigh, barrachd luchd-turais a tharraing a-steachd do na h-àiteachan air as lugha fios, agus cuideachadh le roinn chudromach cosnайдh is trèanaidh a thogail ann an àiteachan dùthchail na h-Alba, stèidhichte timcheall air obair shlighean-coiseachd.

**Tha sinn a' gairm dion agus
ath-neartachadh air laghan
ruigsinneachd 'Còir
Coiseachd' na h-Alba.**

DEALBH: BETINN EIGHE, TOIRBHEARTAN LE MARK



Còraichean is saorsachdan

Ged a tha 'Còir Coiseachd' air a meas gu mòr mar aon de shoirbheasan mòra Pàrlamaid na h-Alba, tha e air a thighinn fo chuidream sna bliadhnaichean mu dheireadh bho dhiofar cheàrnan. Ann an cuid de choimhairsnachdan, gu h-àraid ann an sgìrean làn sheallaidhean, las glasadh-sios Covid deasbad mun bhuaidh a th' aig 'campachadh fiadhaich' - gu h-àraid 'campachadh salach'. Lean seo cuibhreachaidhean ro-Chovid a chuir Pàirc Nàiseanta Loch Laomainn agus nan Tròisichean sìos ann an diosfar làraichean - an cois na locha sa mhòr-chuid - a tha gu h-iomlan r' dèanamh suas 75 cilemeatair ceàrnagach, no ceithir sa cheud de dh'fharsaingeachd iomlan na Pàirce Nàiseanta.

Ged a tha e soilleir gu bheil duilgheadasan air an adhbhurachadh le giùlan mì-chneasta ann an cuid de dh'aitteachan, tha dragh air Urras Iain Muir gum faodadh na saorsachdan sin rè ùine a bhith air an cleachdadh le uachdarain gus tuilleadh shònaichean a thoirmseasg. Tha an Achd Ath-leasachaidd Fearainn (Alba) (2003) ag aithris nach fhaodar ruigsinneachd a chuibhreachadh no a dhìultadh ach a-mhàin ann an suidheachaidhean sònraichte, no airson amannan cuibhrichte. Tha 'Curtilage' - teirm laghail mì-shoilleir a tha a' toirt iomradh air an àrainn mun cuairt àite-còmhnaidh - cuideachd air a dhòn.

Tha aithisgean ag ràdh gu bheil feansaichean, geataichean glaiste agus soidhnichean 'cùm a-mach' air tòiseachadh a dhol nas bitheanta sna bliadhnaichean mu dheireadh.

Ann an 2019, dh'fheuch aon oighreachd air leth-innis Aird nam Murchain clàs ann an Achd Ceartas Eucoirean 1994 a chur an cèill, a' cur bacadh air 'ain-inntrigidh an-trom' gus stad a chur air muinntir an àite bho choiseachd air slighe aig a bheil còir-imeachd stèidhichte fad 40 bliadhna. Ged a dh'fhailling an oidhrip seo air casaid, tha an t-uachdaran a' leantainn air adhart le a bhith a' cur bacadh air cothrom-inntrigidh.

Chan fhaodar laghan inntrigidh ùr-ghnàthach cruinneil agus urramach na h-Alba a ghabhail mar a bhith tèarainte. Feumar an dòn, agus mas riatanach, an neartachadh le atharrachaidhean air cànan an reachdais làithreach gus còraichean, dleastanasan agus saorachdan a shoilleireachadh.

Tha aithisgean ag ràdh gu bheil feansaichean, geataichean glaiste agus soidhnichean 'cùm a-mach' air tòiseachadh a' fas bitheanta.

Bu chòir cothrom a bhith aig gach
oileanach sgoile sgilean a' bhlair a-muigh
ionnsachadh, a' gabhail a-steach
maraireachd, Còd Inntrigidh A-muigh na h-Alba
agus Gàidhlig bhunasach na cruth-tire.



PHOTO: GLEN NEVIS LITTER BY NATHAN BERRIE

Cultar caibein

Mar phàirt de dh'eadar-ghluasad ceart a dh'ionnsaigh Alba nas cothromaiche agus nas uaine, bu mhath le Urras Iain Muir fada a bharrachd iomadachd daonna fhaicinn nar n-àiteachan fiadhaich, a' gabhail a-steach barrachd dhaoine bho mhion-sluaghan cinnidheach agus nàbaidheachdan de dh'iomha-bhochdainn.

Anns an leabhar aice, *Huts*, tha an neach-naidheachd agus an iomairtiche fearainn, Lesley Riddoch, a' cuimhneachadh dhuinn an dàimh dhlùth a tha eadar daoine agus nàdar ann an Nirribhidh gus tagradh airson prìomh leudachadh ann an tèarmainn samhraidh is deireadh-sheachdain aig pris iosal, ann an cruth hutaichean is caibeinean bunasach. Tha 500,000 huta fiodha airson cur-seachad san dùthach Lochlannaich seo - aon do gach deichnear Nirribhidheach. Tha nas lughana 600 ann an Alba - aon do gach 8000 neach.

Tha cnapan-starra ann - mar pàtrán dùmhail sealbhadaireachd fearainn ann an Alba. Bu mhath leinn Riaghaltas na h-Alba agus na 32 comhairlean fhaicinn ag obair le uachdarain anns gach roinn - phoblach, coimhersnachd, NGO agus phrìobhaideach - gus parsailean de dh'fhearann a chomharrachadh, far am faodadh a leithid sin de dh'àite-fuirich a thogail, an toiseach fo sgeamaichean pileit air an dealbhadh a dh'aona ghnothaich do na suidheachaidhean sònraichte ann an Alba.

Nan robh fiù's cuid de na hutaichean is caibeanan ùra sin air an riarachadh do bhuidhnean coimhersnachd a dhèiligeas ri bochdainn agus seòrsaicheadan eile de thoirmeasg sòisealta, dh'fhaodadh buannachdan nàdar fiadhaich a bhith air an tarraig còmhla ann an dòigh nas èifeachdaicean gus cinn-uidhe phoblach nas fharsainge a choileanadh airson déiligeadh ri droch shlàinte, duilgeadasan dhrogaicheadan is dibhe agus eucoir.

Còmhdhail phoblach an-asgaidh

San Fhaoilleach 2022, dh'ainnich Riaghaltas na h-Alba toiseach air sgeama còmhdhail bhusaichean an-asgaidh, do gach neach òg fo aois 21 bliadhna. Leis a' cheadachas aig ScotRail air aiseag o chionn ghoirid gu Riaghaltas na h-Alba, dh'fhaodadh seo a leudachadh gu siubhal rèile.

Tha na gluasadan sin a dh'ionnsaigh còmhdhail phoblach an-asgaidh glè dhi-beathte anna fhéin, ach tha iad a' fosgladh a-mach priomh chothrom air barrachd dhaoine òga eòlas nas fheàrr a chur air àiteachan fiadhaich na h-Alba.


Tha Urras Iain Muir dealasach mu obrachadh le Riaghaltas na h-Alba agus buidhnean buntainneach eile gus togail air a' chothrom seo, le bhith a' rannsachadh cheumannan a thaobh na dh'fhaodadh a bhith riatanach airson barrachd de dh'àiteachan fiadhaich na h-Alba fosgladh a-mach do dhaoine òga - gu h-àraid iadsan a tha a' dèiligeadh ri bacaidhean sòisealta is ionmhaisail a thaobh inntrigeadh.

Priomh bheachdan a tha sinn a' creidsinn a dh'fhaodadh cuideachadh le dèanamh cinnteach gu bheil àiteachan fiadhaich na h-Alba a' cur a dh'ionnsaigh àm teachdail nas uaine agus nas cothromaiche:

- Neartachadh reachdas inntrigidh gus càraichean a chumail suas agus a mheudachadh ann an dèiligeadh ri duilgeadasan.
- Sgeamaichean pileit gus àiteachan-fuirich shaor-làithean aig pris reusanta a leasachadh, mar hutaichean, caibeanan agus làraichean-campachaidh bunasach.
- Taic do dhòn, leasachadh agus leudachadh air a' Ghàidhlig taobh a-staigh agus taobh a-muigh prìomh sgìrean na Gàidhealtachd.

Geàrr-iomradh

Iùl luath gu eadar-ghluasad ceart agus àiteachan fiadhaich



Càrbon

Gus stòradh air càrbon nàdarra a mheudachadh gu làn-ire ann an dòigh a tha ceart gu sòisealta agus làidir gu h-àrainneachdail, tha sinn a' moladh:

- Sgeama creideasachaidh 'ire oir' aig Riaghaltas na h-Alba airson frith-chothromachadh càrboin.
- An sgeama creideasachaidh seo ri dealas a dhaingneachadh a thaobh fosgarrachd, fad-shaoghalachd agus leasachadh bith-iomadachd.
- An sgeama creideasachaidh seo ri dealas a dhaingneachadh a thaobh riarachadh roinn coimhersnachd, agus com-pàirt coimhersnachd ann an stiùireadh phròiseactan.
- Cis Fearainn Sgaoilidhean Càrboin air a stiùireadh leis an tìughdarris ionadail, air gabhaltasan fearainn thairis air 1000 ha, stèidhichte air siostam bamndaidh.
- Le cead chumhachdan tiomnaichte, teachd-a-steach bho Chìs Fearainn Sgaoilidhean Càrboin ri ghleidheadh gus coimhersnachd, croitearan agus luchd-gabhlail beag a chuideachadh le eadar-ghluasad uaine a dhèanamh.



Bith-iomadachd

Gus cuideachadh le Alba nas uaine agus nas cothromaiche flaotainn, tha sinn a' moladh:

- Ath-leasachadh luath air stiùireadh fhèidh agus siostam ceadachd làidir air monaidhean circe-fraoiche.
- Taic ionmhaisil do chroitearan agus tuathanach bheaga gus an gluasad a għreasad a dh'ionnsaigh àiteachas a tha càirdeil do nàdar.
- Leudachadh air fearann-coillteach na coimhersnachd ionadail agus croitean fearainn-choillteach.
- Leth-cheud sa cheud de dh'fearann-coillteach ùr ri bhith de ghnè dhùthchasach, gus cothromachd a ruighinn eadar obraicean geàrr-amail agus cruth-atharrachadh fad-amail air cruthantùire, eag-shiostaman agus eaonamaidhean ionadail.
- Ro-innleachd iomlanach gus slànachadh bith-iomadachd a mheudachadh gu làn-ire, a' gabhlail a-steach taigheadas, bun-structar agus còmhdhail a chuireas taic ri obraicean ùra stèidhichte air nàdar ann an àiteachan de ghainneadh sluaigh.



Coimhersnachdan agus ath-leasachadh fearainn

Gus taic a chur ri coimhersnachdan, tha sinn a' moladh:

- Dùblachadh air Maoin Fearainn na h-Alba ann am buidsean 2023 agus iasadan saor bho riadh do dh'uachdarain coimhersnachd san amharc.
- Àireamh stèidhichte sa cheud de theachd-a-steach Oighreachd a' Chrùin ri riarachadh air Maoin ùr Togail Beairsteis Coimhersnachd.
- Modalan ùra airson sealbh fearainn coimhersnachd ri rannasachadh le Coimisean Fearainn na h-Alba.
- Deuchainn air ùidh a' phobaill a thaobh eadar-ghluasadan uile air fearann thairis air 1000 heactar, stèidhichte air slatan-tomhais shoilleir, àrainneachdail agus sòisealta.
- Ath-sgrùdad air an t-siostam planaидh gus barrachd smachd a thoirt do choimhersnachdan air co-dhùnaidhean a bheir buaidh air an àrainneachd ionadail.



Eaconamaidh dhùthchail

Gus taic a chur ri ath-bheòthachadh àrainneachdail agus sòisealta air sgìrean dùthchail, tha sinn a' moladh:

- Ionadan nàbaidheachd 20-mionaid shòisealta is gnothachais, air am frithealadh le còmhdaileadh phoblach tric agus aig prìs reusanta.
- Bann leathann àrd-astair anns gach togalach còmhla ri ceanglaichean 4G no 5G.
- Tuilleadh leudachaiddh air àrainn Oilthigh na Gàidhealtachd's nan Eilean, gu sgìrean dùthchail nas iomallaiche le cuideam air sgrùdaidhean co-cheangailte ri fearann agus Gàidhlig.
- Banca Fearainn Nàiseanta gus fearann fhaotainn a tha freagarrach airson taigheadas còmhnaidh maireannach aig prìs reusanta.
- Modh-obrach eile a thaobh turasachd a tha a' gluasad seachad air sealaidhean lèirsinneach agus a tha ag amalachadh cruth-tìre, cultar, dualchas, ealain agus eag-eòlas.
- Taic ionmhasail bhon Riaghaltas do choimhearsnachdan tuathanachais ann an Sgìrean Fo-leasaichte, le cuimse làidir air càarbon agus bithiomadachd.



Cumhachd ath-nuadhachail

Mar phàirt de ro-innleachd cumhachd nàiseanta ùr, tha sinn a' moladh:

- Cuimse air comasachd ath-nuadhachail ann an sealbh na coimhearsnachd a mheudachadh bho 853MW gu co-dhiù 3 GW.
- Còmhdaileadh air gach dachaigh gu ìrean dhùthchannan Lochlannach gus caitheamh cumhachd a lùghdachadh agus stad a chur air bochdainn connaidh.
- Gaoth air-tùr ùr uile ri fearann-mònach a sheachnadh agus ùirean eile le comas air leth-oireadh càrboin.
- Leudachadh air gaoth air-tùr ri cuimseachadh air tuathanasan gaoithe aontaichte a tha fhathast rin togail, agus pròiseactan ath-chumhachdachaidh a' coileanadh shlathan-tomhais planaidh.
- Tagraidhean stuthan ath-nuadhachail uile os cionn 50 MWs a' gabhail a-steach tuairmse beatha ro-innsichte air sàbhalaidhean gas taigh-glainne.
- Cuideam làidir air stuthan mara ath-nuadhachail le buaidh ìosal, a' gabhail a-steach thurbainean air fleod fada air falbh bho làraich-neadachaidh eun-mara agus làraichean sealgaireachd.



Cothrom agus cur-seachad

Gus cuideachadh le barrachd de ar n-àireamh-slugaigh ath-cheangal ri àiteachan fiadhaich is iomallach, tha sinn a' moladh:

- Sgeamaichean pìleit gus àiteachan-fuirich chur-seachadan aig prìs reusanta ann an àiteachan fiadhaich a leasachadh, leithid hutaichean, caibeanan agus làraichean campachaidh bunasach.
- Còmhdaileadh phoblach dùthchail leasaichte agus leudachadh air siubhal bus is trèana an-asgaidh.
- Cothrom a bhith aig gach oileanach sgioile air sgilean a' bhlàir a-muigh ionnsachadh, a' gabhail a-steach maraireachd, Còd Inntrigidh A-muigh na h-Alba agus Gàidhlig bhunasach cruth-tìre.
- Dìon agus ath-neartachadh air 'Còir Coiseachd,' a' gabhail a-steach sparradh laghail mar a bhios riatanach.

Tha am foillseachadh seo air a thoirt gu buil le Urras Iain Muir – carthannas glèidh teachais cuimsichte air coimhearsnachd agus coisrigte do eòlas, dòn agus càradh air àiteachan fiadhaich air feadh na RA.

Stèidhichte ann an 1983, tha sinn a' toirt cùram do chuid de na h-àiteachan fiadhaich as grinne san RA, a' gabhail a-steach Beinn Nibheis, Helvellyn agus Bàgh Shannabhad. Tha còrr air 25,000 ball, neach-taic agus com-pàirtiche a' cur ri ar n-obair.

johnmuirtrust.org

© John Muir Trust 2022

Is e companaidh carthannais Albannach cuingichte le barantas a th' ann an Urras Iain Muir. (Àir. Carthannais SC002061 Àir Companaidh SC081620).

Oifis chlàraichte: Taigh an Tùir, Rathad an Stèisein, Baile Chloichridh, PH16 5AN

